

Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

PLANA RIAGHLAIDH 2022-2032



United Nations
Educational, Scientific and
Cultural Organization



The National Trust for Scotland
is a Scottish charity, SC007410



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA



NATIONAL
TRUST for
SCOTLAND



NatureScot

Ro-ràdh

Tha sinn toilichte ùrachadh de Phlana Riaghlaidh Dualchas na Cruinne Hiort fhoillseachadh airson 2022 – 2032. Tha e a’ cur a-mach na dh’fheumar a choileanadh agus mar a thachras seo thar nan deich bliadhna a tha romhainn.

‘S e buidheann beag eileanan, air an suidheachadh ann an Cuan an Atlantaig a th’ ann a’ Hiort agus tha fiadh-bheatha agus seallaidhean iongantach ann. Tha àrainnean fillte anns a’ chuan sin a tha a’ cumail taic ri eag-shiostaman mara agus colanaidhean mòra de dh’eòin-mhara, agus thug e cuideachd buaidh air cùrsa tuineachaidh nan daoine. Tha Hiort air a ghearradh dheth le droch mhùir fad cuid mhath dhen bhliadhna. Chùm na daoine a’ choimhearsnachd a’ dol le bhith a’ sealg eòin-mhara agus a’ cruinneachadh nan uighean aca, cho math ri beagan obair fearainn, mus do chuir iad romhpa an t-eilean fhàgail ann an 1930. An-diugh, bidh fuigheall a’ chruth-tìre chultarail sin agus seallaidhean iongantach agus an fhiadh-bheatha a’ tàladh barrachd is barrachd luchd-tadhail às gach àite.

Air sgàth na h-eadar-eisimeileachd seo a thaobh cruth-tìre, fiadh-bheatha agus cultar, tha Hiort comharraichte mar Làrach Dualchas na Cruinne measgte, an aon àite san RA leis an inbhe seo, agus aon à dìreach 39 air feadh an t-saoghail. Tha an comharrachadh sònraichte seo a’ ciallachadh gu bheil e riatanach gu bheil an riaghladh aige a’ cothromachadh nan diofar fheumalachdan sin. Mar sin, tha ar compàirtichean bho Àrainneachd Eachdraidheil Alba, NatureScot, Comhairle nan Eilean Siar agus Ministrealachd an Dìon an sàs ann an dèanamh cho-dhùnaidhean. Le bhith ag obair còmhla, nì na compàirtichean cinnteach gum bi na h-eileanan fhathast air an dìon, gun toirear an aire orra agus gum bi iad a’ toirt toileachas do dhaoine.

Tha Làrach Dualchas na Cruinne air leth cudromach gu h-eadar-nàiseanta agus buinidh iad do gach treubh air an t-saoghal ge bith càit a bheil iad. Tron phlana seo, gabhaidh sinn làn uallach airson an làrach a chur gu na ginealaich ri teachd anns an staid as fheàrr a ghabhas. Bidh sinn a’ cur ri saoghal nas fheàrr agus nas cothromaiche a’ ceangal amasan a’ phlana ri Amasan Ro-innleachd Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte, a tha ag amas air obrachadh a dh’ionnsaigh: na cuantan, na marannan agus stòrasan na mara a ghleidheadh agus a chleachdadh gu seasmhach; agus, cleachdadh seasmhach eag-shiostaman air tìr a dhìon, ùrachadh agus a bhrosnachadh.

Às leth Urras Nàiseanta na h-Alba agus ar compàirtichean gu lèir, bu mhath leam taing a thoirt dhan h-uile duine a chuir ris a’ phlana seo, agus tro bhith a’ dèanamh sin, a’ sealltainn na tha de dh’ùidh againn ann am math Hiort san àm ri teachd. Tha fhoillseachadh a’ phlana a’ comharrachadh toiseach slighe deich bliadhna airson barrachd fhaighinn a-mach mun àite bhrosnachail, iongantach seo, agus eòlas air an fhiadh-bheatha agus air a’ chultar aige a cho-roinn, agus cuideachadh le cur ri s a’ choimhearsnachd nas fharsainghe anns na h-Eileanan an Iar agus an t-seasmhachd aca. Còmhla, tha sinn a’ coimhead air adhart ri bhith a’ coileanadh amasan a’ phlana, agus bidh a’ chuid mu dheireadh dheth a’ tachairt aig an aon àm ri ceann-latha nan ceud bliadhna bho chaidh Hiort fhalamhachadh ann an 2030. ‘S e àm mìorbhaileach a bhios an sin airson cnuasachd air an àite shònraichte seo, agus an eachdraidh aige bho shean agus bho chionn ghoirid. Tha daoine air feadh an t-saoghail fhathast air am beò-ghlacadh agus air am brosnachadh leis.

Philip Long OBE FRSE

Àrd-cheannard, Urras Nàiseanta na h-Alba

Plana Riaghlaidh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort 2022

Tha Hiort fo sheilbh Urras Nàiseanta na h-Alba, agus 's ann orrasan a tha an t-uallach airson na h-eileanan a riaghladh. Chaidh am Plana Riaghlaidh seo airson Làrach Dualchas na Cruinne Hiort aontachadh le Urras Nàiseanta na h-Alba agus am Prìomh Luchd-Ùidhe (faic gu h-ìosal), a tha dealasach gu obrachadh còmhla airson am plana a chur an gnìomh.

Philip Long OBE FRSE


Ceannard Urras

Nàiseanta na h-Alba

**Elizabeth McCrone**


Stiùiriche an Dualchais

Àrainneachd Eachdraidheil Alba

**Francesca Osowska**

Ceannard

NàdarAlba

**Malcolm Burr**

Ceannard

Comhairle nan Eilean Siar

**David Mealing**

Ceann-roinne (LTPA)

Ministrealachd an Dìon, Uidheamachd Dìon & Taic





Caoraich Caoraich a' gabhail fois
© Emma Bothamley

Contents

8 Duilleag fiosrachaidh

9 Earrann 1

Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

1.1 Geàrr-chunntas	10
1.2 Ar Lèirsinn airson Làrach Dualchas na Cruinne Hiort	11
1.3 Mar a chleachdas tu am plana seo	12
1.4 Dè th' ann an Dualchas Làrach na Cruinne?	13
1.6 Comharrachadh air Lìost Dualchas na Cruinne	13
1.7 Ro-ràdh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort	14

15 Earrann 2

Aithris air Luach Sònraichte Cruinneil

2.1 Co-chur goirid	16
2.2 Slatan-tomhais a' chomharrachaidh	18

20 Earrann 3

A' riaghladh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

3.1 Mar a chaidh Plana Riaghlaidh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort ullachadh, agus carson a tha feum air	23
3.2 Mar a tha Làrach Dualchas na Cruinne Hiort air a riaghladh	24
3.3 Mar a thèid Plana Làrach Dualchas na Cruinne Hiort a chur an gnìomh	25
3.4 Sòn Bùfair Làrach Dualchas na Cruinne	25

27 Earrann 4

Cunnartan agus cothroman do riaghladh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort san àm ri teachd

4.1 Cunnartan do riaghladh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort san àm ri teachd	29
4.2 Cothroman	33

37 Earrann 5

Builean agus Amasan Obrachaidh

Buil 1	38
Thèid bith-iomadachd, àrainnean agus fuincseanan eag-eòlachail Làrach Dualchas na Cruinne a ghleidheadh.	
Buil 2	42
Thèid dualchas cultarail Làrach Dualchas na Cruinne a ghleidheadh.	
Buil 3	47
Thèid dùbhlain chruinneil (mar atharrachadh na gnàth-shìde) agus cunnartan eile do Hiort a chomharrachadh, agus cuirear ceumannan an gnìomh airson leasachadh agus atharrachadh.	
Buil 4	48
Inntreadh nas fheàrr airson Hiort ann an dòigh sheasmhach agus barrachd chothoman do bharrachd dhaoine Làrach Dualchas na Cruinne fhiosrachadh, a chudrom a thuigsinn agus taic a thoirt dhan dìon aige.	
Buil 5	51
Barrachd chothroman airson rannsachadh agus co-roinn eòlais, agus rannsachadh a chleachdadh mar bhunait airson riaghladh agus eadar-mhìneachadh Làrach Dualchas na Cruinne	
Buil 6	52
Riaghladh nan eilean ann an dòigh fhosgailte, cho-obrachail bonntaichte air cleachdaidhean seasmhach a choileanadh gu h-èifeachdach	

54 Appendices

Appendix 1	55
Iomradh air Luach Sònraichte Cruinneil	
Appendix 2	59
Sgrùdadh air Plana Riaghlaidh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort a bh' ann roimhe	
Appendix 3	67
Cùl fhiosrachadh	
Appendix 4	70
Stiùireadh Rannsachadh air Hiort	
Appendix 5	73
Maps	

Duilleag fiosrachaidh

Manaidsear an Ionaid	Susan Bain
Sgìre	A' Ghàidhealtachd & Na h-Eileanan
Tuairmse farsaingeachd (heactairean)	854ha (fo sheilbh Urras Nàiseanta na h-Alba)
Deit a fhuaradh e	1957
Do-dhealaichte?	Tha (ainmichte 1969)
Ùghdarras Ionadail	Comhairle nan Eilean Siar
Seòladh	Urras Nàiseanta na h-Alba, Taigh Bhaile an Àthain, 40 Sràid Hunndaidh, Inbhir Nis IV3 5HR
Plana ullaichte le	Susan Bain agus Berwyn Murray
Deit daingnichte	Daingnichte le Comataidh Stiùiridh Urras Nàiseanta na h-Alba, 17 Sultain 2021 Clàraichte le Bòrd Urrasairean Urras Nàiseanta na h-Alba, 28 Dàmhair 2021
Comharraichidhean (Tha mapaichean crìche airson gach comharrachaidh ann an Appendix 5)	Làrach Dualchas na Cruinne: Làrach Dualchas na Cruinne Hiort (WH5) Sgìre Ghhlèidhteachais Shònraichte: Sgìre Ghhlèidhteachais Shònraichte Hiort (8383) Sgìre Dhìon Shònraichte: Sgìre Dhìon Shònraichte Hiort (8580) Tèarmann Nàdair Nàiseanta: Tèarmann Nàdair Shònraichte Hiort (5064) Làrach Sùim Shaidheansail Shònraichte: Làrach Sùim Shaidheansail Shònraichte Hiort (1471) Sgìre Bòidhchid Nàiseanta: Sgìre Bòidhchid Nàiseanta Hiort (9151) Carraighean Clàraichte: • Hiort, Am Baile agus structaran co-cheangailte riutha (SM2276) • Hiort, Claigeann an Tigh Faire, platfoirm agus cleitean (SM3197) • Hiort, Geo Chrubaidh, tuineachadh (SM3240) • Hiort, Gleann Mòr, tuineachadh (SM2277) Sgìre Àrainn Mhara fo Chunnart Mòr: Hiort, tuath agus deas



Earrann 1

Làrach Dualchas na
Cruinne Hiort

Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

1.1 Geàrr-chunntas

'S e Hiort fear dhe na h-ionadan as cudromaiche a tha fo sheilbh Urras Nàiseanta na h-Alba (an t-Urras). Chan eil ach 39¹ Làrach Measgte Dualchas na Cruinne air feadh na cruinne, agus tha am buidheann beag eileanan seo agus am muir mun cuairt orra air fear dhiubh. Tha na bearraidhean àrda agus na stacan-mara nan dachaigh aig na mìltean eòin-mhara a bhios a' gintinn, agus iad beò air goireasan beairteach na mara. Air a thrèigsinn leis a' choimhearsnachd thùsail o chionn faisg air ceud bliadhna, tha an dreach-tìre cultarail, beairteach a tha làn stuthan, na chuimhneachan air na daoine a bha a' fuireach ann fad nam mìltean bhliadhnaichean. An-diugh, tha am buidheann eileanan na cheann-uidhe aig na mìltean de luchd-tadhail, na ionad-rannsachaidh agus na phàirt de dh'ionad Ministrealachd an Dìon (MoD).

Tha am plana riaghlaidh seo a' cur an cèill mar a dhìonas an t-Urras, agus prìomh chompàirtichean, dualchas iomraiteach Hiort, agus mar a bheir iad an aire air, ach aig an aon àm a' leigeil le daoine tadhal air na h-eileanan agus tlachd fhaighinn asta. Chan eil am plana a' beachdachadh a-mhàin air luachan an Urrais, ach cuideachd air amasan ro-innleachdail Co-chruinneachadh Dualchas na Cruinne, agus Amasan Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte a tha ag amas air a' phlanaid a dhìon agus an saoghal a dhèanamh nas cothromaiche dha na h-uile (tha geàrr-chunntas de na h-Amasan Leasachadh Seasmhach a tha a' buntainn ri Hiort ann an Appendix 3).

'S e atharrachadh na gnàth-shìde agus gnèithean neo-dhùthchasach, ionnsaigheil na cunnartan as motha do Làrach Dualchas na Cruinne ann a' Hiort agus bidh sin na fhòcas aig a' phlana seo. Tha deagh chothroman ann gus barrachd ionnsachadh, barrachd dhaoine a thàladh a bheir taic agus spèis do Hiort, agus a bheir an goireas luachmhor seo dha na ginealaich ri teachd.

1 Ceart Iuchar 2021



© NTS

1.2 Ar Lèirsinn airson Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

Bidh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort na dhreach-tìre mìorbhaileach agus na àrainn mhara fhallain, a' cumail taic ri coloinidhean fallain de dh'èoin-mhara agus fiadh-bheatha gun shamhail nan eilean. Nì dreach-tìre air a dheagh ghleidheadh mìneachadh air eachdraidh nan coimhearsnachdan a bha a' fuireach air an oir iomallaich seo dhen Atlantaig. Bidh cliù eadar-nàiseanta aige airson glèidhteachas, cothroman rannsachaidh agus turasachd sheasmhach, agus bidh na h-uile a tha moiteil às na h-eileanan sònraichte seo a' cur luach orra agus a' cumail taic riutha.

Thèid ar lèirsinn a lìbhrigeadh tro na sia builean a leanas:

1. Thèid bith-iomadachd, àrainnean agus fuincseanan eag-eòlachail Làrach Dualchas na Cruinne a ghleidheadh.
2. Thèid dualchas culturail Làrach Dualchas na Cruinne a ghleidheadh.
3. Thèid dùbhlain chruinneil (mar atharrachadh na gnàth-shìde) agus cunnartan eile do Hiort aithneachadh, agus thèid lasachadh agus freagrachadh a chur an gnìomh.
4. Inntreadh nas fheàrr a thoirt airson Hiort ann an dòigh sheasmhach, agus barrachd chothoman do bharrachd dhaoine Làrach Dualchas na Cruinne fhiosrachadh, a chudrom a thuigsinn agus taic a thoirt dhan dìon aige.
5. Barrachd chothroman air rannsachadh agus co-roinn eòlais, agus rannsachadh a chleachdadh mar bhunait airson riaghladh agus eadar-mhìneachadh Làrach Dualchas na Cruinne.
6. Riaghladh nan eilean ann an dòigh fhosgailte, cho-obrachail bonntaichte air cleachdaidhean seasmhach a choileanadh gu h-èifeachdach.

1.3 Mar a chleachdas tu am plana seo

Tha am plana riaghlaidh seo a' cur an cèill mar a riaghlas sinn Làrach Dualchas na Cruinne Hiort anns na deich bliadhna a tha romhainn. Tha e cuideachd a' dèanamh cinnteach gun coilean an t-Urras a dhleastanasan co-cheangailte ris an ainmeachadh Tèarmann Nàdair Nàiseanta (NNR) agus comharrachaidhean reachdail eile. Bidh an lèirsinn ro-innleachdail, fhad-ùineach gu h-àrd gar stiùireadh a thaobh riaghladh an làraich. Ged a tha an lèirsinn a' nochdadh rùn agus amasan fad-ùineach an Urrais, tha e air a cho-roinn ri prìomh chompàirtichean, agus chaidh a leasachadh tro phròiseas farsaing de chompàirteachadh. Bidh na sia phrìomh bhuilean a' stiùireadh libhrigeadh na lèirsinn fhad 's a mhaireas am plana riaghlaidh seo, tro 2030 (ceud bliadhna an dèidh dhan luchd-còmhnaidh ionadail mu dheireadh Hiort fhàgail), gu 2032. Tha sreath amasan obrachaidh mionaideach eile a' sealltainn mar a chuirear na h-amasan seo an gnìomh. Gan gabhail còmhla, tha na h-eileamaidean seo a' toirt dhuinn frèam riaghlaidh tron tèid planaichean-gnìomh mionaideach, pròiseactan sònraichte agus gnìomhachd obrachail a librigeadh. Thèid ath-sgrùdadh agus ùrachadh a dhèanamh air Plana Riaghlaidh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort ann an 10 bliadhna, agus ruithidh e gus an tèid plana riaghlaidh eile aontachadh.

Chan eil mòr-shealladh mionaideach anns a' phlana riaghlaidh de dh'eachdraidh nan eilean, riaghladh a bh' ann roimhe no cudrom an dualchais nàdarra is chultarail aige. Ach tha am fiosrachadh mionaideach seo ri fhaotainn ann am Plana Riaghlaidh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort (2012–17).



© Brian W Matthews (bwmphoto)

1.4 Dè th' ann an Dualchas Làrach na Cruinne?

Tha Dualchas Làrach na Cruinne na làrach a tha cudromach a thaobh dualchas nàdarra agus/ no dualchas cultarail, agus a tha cho uile-gu-lèir sònraichte 's gu bheil e a' dol thar chrìochan nàiseanta agus gu bheil e cudromach an dà chuid dhan ghinealach dhaoine a th' ann an-dràsta agus a bhios ann san àm ri teachd. Leis an sin, tha dìon an dualchais seo air leth cudromach dhan choimhearsnachd eadar-nàiseanta.²

Faodar Làraich Dhualchas na Cruinne ainmeachadh le Partaidh Stàiteil sam bith a tha air an ainm a chur ri Co-chruinneachadh Dìon Làraich Dhualchais Nàdarra is Chultarail na Cruinne aig UNESCO.³ Tha na làraich gan cur air Liosta Dualchas na Cruinne an dèidh do luchd-comhairleachaidh UNESCO air làraich chultarail (Comhairle Eadar-nàiseanta nan Carraighean is nan Làrach [ICOMOS])⁴ agus/ no Luchd-comhairleachaidh nan làrach nàdarra, Aonadh Eadar-nàiseanta Glèidhteachas Nàdair (IUCN)⁵ mion-mheasadh a dhèanamh air an làrach agus air measadh a chur a-steach air cudrom an làraich gu Comataidh Dualchas na Cruinne. Aig a' choinneimh bhliadhnail aca, nì Comataidh Dualchas na Cruinne an co-dhùnadh deireannach air dè na làraich a thèid air Liost Dualchas na Cruinne.

1.5 Làraich Dualchas na Cruinne san RA

Ann an 1984, ghabh Riaghaltas na RA ri Cùmhnant Dualchas na Cruinne. Tha LDC nan cùis ghlèidhte fo Achd na h-Alba 1998, agus mar sin tha an t-uallach san RA air Roinn a' Chultair, Meadhanan & Spòrs (DCMS). Ach 's e cùis thiomnaichte ann an Alba a th' ann an riaghladh na h-àrainneachd eachdraidheil is nàdarra, is tha an dleastanas air Ministearan na h-Alba. Tha aonta eadar DCMS agus Ministearan na h-Alba a' cur an cèill gu bheil an t-uallach air Ministearan na h-Alba làraich a thaghadh ann an Alba airson an ainmeachadh, is airson a bhith cinnteach gu bheil Làraich Dhualchas na Cruinne ann an Alba air an riaghladh ceart. Mar sin tha gach cùis a bhuineas do riaghladh nan làrach aontaichte còmhla ri Riaghaltas na h-Alba sa chiad dol a-mach, far a bheil sin iomchaidh. a bhuineas do riaghladh nan làrach aontaichte còmhla ri Riaghaltas na h-Alba sa chiad dol a-mach, far a bheil sin iomchaidh.

1.6 Comharrachadh air Liost Dualchas na Cruinne

Chuireadh Hiort an toiseach air Liost Dualchas na Cruinne ann an 1986 airson dualchas nàdair gun shamhail (slatan-tomhais vii agus x). Ann an 2004, chaidh sin a leudachadh gu bhith a' còmhach na mara mun cuairt (slat-tomhais ix), agus ann an 2005 b' e na h-eileanan seo a' chiad LDC measgaichte san RA, agus aon de 24 air feadh an t-saoghail⁴, nuair a chaidh fuigheall cultar nan eilean cuideachd a chur ri Liost Dualchas na Cruinne. (slatan-tomhais iii agus v).

2 Stiùireadh Obrachaidh air cur an gnìomh Comhairle Dualchas na Cruinne, UNESCO, 2019

3 'S e amasan na Comhairle gun tèid dualchas cultarail agus nàdarra le luach sònraichte cruinneil a chomharrachadh, a dhìon, a ghleidheadh, a thaisbeanadh agus a sgaoileadh gu ginealaich ri teachd.

4 Stèidhichte ann an 1965 mar bhuidheann eadar-nàiseanta neo-riaghtasach

5 Stèidhichte ann an 1948 mar bhuidheann eadar-nàiseanta neo-riaghtasach



Am baile tràighe
© Jim Richardson

1.7 Ro-ràdh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

Na laighe leis fhèin sa Chuan Atlantaig, tha Hiort air àite cho iomallach agus cho doirbh faighinn ann 's a th' ann am Breatainn, agus e 99 mìle far taobh an iar Alba. Tha ceithir eileanan sa bhuidheann bheag seo – Hiort, An Dùn, Sòdhaigh agus Boraraigh – agus cuideachd iomadh stac mar Stac an Àrmainn, Stac Lì agus Leibhinish, agus tha e a' còmhachadh 854 heactair. Bho chaidh am muir mun cuairt a chur air an liost ann an 2004, tha 24,201.4 heactair a-nis ann an Làrach Dualchas na Cruinne ann a' Hiort.

A rèir fianais bha daoine air an eilean, 's dòcha fad na h-ùine, airson còrr is 4,000 bliadhna, gu 1930. Sa bhliadhna sin, chuir muinntir Hiort tagradh gu Riaghaltas na RA airson an cuideachadh an t-eilean fhàgail. agus airson dachannan is obraichean a lorg dhaibh air tìr-mòr. A' bhliadhna an dèidh sin, reic MacLeòid, Ceann-cinnidh Chlann MhicLeòid na h-eileanan ri Iarla Dhùn Phris (5mh Marcais Bhòid an dèidh sin). Thuig esan cho prìseil 's a bha eòin nan eilean agus ruith e iad mar thèarmann dha na h-eòin.

Nuair a chaochail 5mh Marcais Bhòid, dh'fhàg e na h-eileanan mar dhìleab aig Urras Nàiseanta na h-Alba, a fhuair sealbh orra ann an 1957. Cuideachd sa bhliadhna seo, chaidh stèisean radar armailteach a stèidheachadh le MOD ann a' Hiort, agus chaidh na h-eileanan gu lèir a chomharrachadh mar Thèarmann Nàdair Nàiseanta (NNR). Ann an 1969, dh'ainmich an t-Urras gun robh na h-eileanan do-dhealaichte.⁶

Bho dh'fhàg an sluagh ann an 1930, chan eil luchd-còmhnaidh buan air a bhith ann, ged a tha luchd-obrach an airm air a bhith ann daonnan bho 1957, agus luchd-obrach catharra on uair sin, aig ionad MOD, agus cuideachd luchd-obrach an Urrais agus Nàdar Alba (NS), luchd-obrach saor-thoileach agus luchd-rannsachaidh. Bidh am poball a' tighinn dha na h-eileanan bhon mhuir ann an iacht phrìobhaideach, air bàta cùmhnaidh no air soitheach turais.

⁶ Tha do-dhealachadh a' toirt na dìon as motha as urrainn dhan Urras a thoirt do dh'ionad. Cha ghabh ionadan do-dhealaichte a thoirt à seilbh an Urrais an aghaidh toil an Urrais, ach a-mhàin le le modh-obrach òrdaichte an riaghaltais.



Earrann 2

Aithris air Luach
Sònraichte Cruinneil


Aithris air Luach Sònraichte Cruinneil⁷

2.1 Co-chur goirid

Tha eileanan beaga Hiort, a tha nan laighe far taobh an iar tìr-mòr na h-Alba, iongantach fhèin. Chaidh an cruthachadh bho oir seann bholcàno a bha co-cheangailte ri fosgladh an Atlantaig a Tuath o chionn 's dòcha 65–52 millean bliadhna. Tha an dreach-tìre iongantach le bearraidhean mòra, biorach – cuid dhe na bearraidhean mara as àirde san Roinn Eòrpa – agus na stacan mara – a' toirt dhuinn aghaidhean dubha, cunnartach a tha a' tuiteam sìos bho leòidean feòir cas, gorm a tha còrr is 375 m a dh'àirde. Saoilidh tu gu bheil gach eileamaid bheartagail – ach a-mhàin sgìre chòmhnard Bàgh a' Bhaile ann a' Hiort, agus an dreach-tìre àrsaidh, eachdraidheil aige. Le bhith fosgailte dha na tuinn as àirde san Roinn Eòrpa, agus na gaothan as motha, tha buaidh mhòr aig an sin ann a bhith a' dealbhadh eag-eòlas cladaichean nan eilean.

Le faisg air millean eun-mara nuair a tha àm gintinn ann, tha Hiort a' cumail taic ris a' choloinidh as motha de dh'eòin-mhara ann an ceann an ear-thuath an Atlantaig. Tha a mheud aige, agus an iomadachd, cudromach aig ìre na cruinne agus tha e a' ciallachadh gu bheil e na thèarmann eòin-mhara a tha gun choimeas san Roinn Eòrpa. Tha àireamh mhòr nan eun, ann an àite a tha an ìre mhath beag, agus le diofar àrainnean beaga, fillte eag-eòlais agus mathas na mara mun cuairt, a' dèanamh Hiort na àite sònraichte. Gu h-àraidh cudromach tha an sùlaire tuathach (*Morus bassanus*), buthaid an Atlantaig (*Fratercula arctica*) agus am fulmaire tuathach (*Fulmarus glacialis*). Tha coltas agus fuaim nan eun sin a' cur gu mòr ri sealladh agus faireachdainn an àite aig àm gintinn.

Dh'adhbhraich iomallachd nan eilean eisimpleirean mìorbhaileach de thuineachadh eag-eòlasach eileanan lomallach, agus atharrachadh gineadail an dèidh sin san dà fho-ghnè sna h-eileanan: dreathan-donn Hiort (*Troglodytes troglodytes hirtensis*) agus luch feòir Hiort (*Apodemus sylvaticus hirtensis*). Tha caoraich fhiadhaich Shòdhaigh, a tha cho bitheanta san àite, a' riochdachadh seann ghnè, a tha nan sliochd do na caoraich dhachaigheil, phrìomhadail san Roinn Eòrpa. Tha iad nan teisteanas bheò air cho fada 's a tha daoine air a bhith ann a' Hiort agus, a bharrachd air an sin, dh'fhaodadh iad a bhith cudromach mar stòras ginnteil.



⁷ Chaidh gabhail ris an Aithris air Luach Sònraichte Cruinneil ann an 2013. Tha an teacsa slàn aig an Aithris air Luach Sònraichte Cruinneil ann an Appendix 1.



Tha buaidh a' chuain (sruthan domhainn na mara ri aomadh na mòr-thìre, fosgailte do thuinn mhòra agus bonn mòr sa chuan, uisge air leth soilleir) agus an geòlas timcheall nan eilean air àrainneachd mhara a chruthachadh a tha gun choimeas ann am beairteas is ann an dath. Tha na coimhearsnachdan air grunn na mara sònraichte a thaobh bith-iomadachd agus mar a tha iad air an cur ri chèile, le gnèithean 'tuathach' agus 'deasach' air na h-iomaill. Tha aghaidhean nan creagan fon uisge làn le beatha na mara – measgachadh dhathan is chruthan a tha bonn an Atlantaig a' cumail air ghluasad gun stad. Tha iad nan àite air leth àlainn fon uisge. Tha fillteachd eag-eòlais sa mhuir riatanach do bhith-iomadachd na mara agus na tìre.

Thar dreach-tìre nàdarra, iongantach, agus a' cur ris uile, tha cultar beairteach a tha na fhianais air daoine a bhith ann o chionn nam mìltean bhliadhnaichean. A rèir rannsachadh o chionn ghoirid, tha coltas gun robh daoine a' fuireach air na h-eileanan an-dràsta 's a-rithist o chionn 4000 bliadhna. Tha an dreach-tìre – a tha cuideachd a' gabhail a-steach nan taighean, na pàircean mòra agus na cleitean, (structaran cloiche airson stòradh a gheibhear nan ceudan air feadh nan eilean agus nan stacan) – a' tighinn gu àirde le fuigheall dreach-tìre cultarail an naoidheamh linn deug agus an fhicheadamh linn ann am Bàgh a' Bhaile. Tha faid na h-ùine, glèidhteachas agus iomlanachd nan structaran fiosaigeach nan ceangal làidir, cumhachdach ri eachdraidh nan eilean, ri daoine agus an dòigh-beatha – bith-beò sònraichte, a thàinig am bàrr ri linn mar a dhèilig na Hiortaich ri suidheachadh fiosaigeach an eilein.

Tha na h-eileanan nan eisimpleir sònraichte, le fianais sgrìobhte, air mar a chaidh aig daoine air a bhith beò fad mìltean bhliadhnaichean, air eilean stoirmeil, iomallach le bhith a' cleachdadh ghoireasan nàdarra agus àiteachas. Tha iad nam fianais fhiosaigeach air dualchas a tha a-nis air a dhol à bith, agus 's e sin mar a bha iad an urra ri bathar eòin-mhara airson am bith-beò agus am bìdh, còmhla ri tuathanachas bith-beò.

Chan eil teagamh nach eil an seann dualchas sin, agus an cleachdadh-fearainn, a thug buaidh air dreach na tìre, air cur ri càileachd an àite. Tha Hiort a' riochdachadh eaconamaidhean bith-beò sa h-uile h-àite – beò air math an fhearainn agus na mara, agus gan atharrachadh thar ùine, gus an do dh'adhbhraich cuideam on taobh a-muigh crìonadh, agus, ann an 1930, falamhachadh nan eilean. Tha eachdraidh dhrùidhteach nan eilean, agus an dreach-tìre sònraichte, cuide ri dualchas agus bòidhchead nàdarra a tha mìorbhaileach fhèin, gun luaidh air iomallachd, gar fàgail le iongnadh mu nàdar agus mu na daoine a chleachd a bhith a' fuireach san àite iongantach seo.

2.2 Slatan-tomhais a' chomharrachaidh

Slat-tomhais (iii): Tha Hiort a' toirt fianais air leth dhuinn air daoine a bha beò ann thar dà mhìle bliadhna ann an suidheachadh uabhasach doirbh.

Slat-tomhais (v): Tha dreach-tìre cultarail Hiort na shàr eisimpleir de chleachdadh-fearainn mar thoradh air seòrsa de dh'eaconamaidh bith-beò stèidhichte air bathar eòin, àiteach agus caoraich. Tha an dreach-tìre cultarail a' nochdadh seann dualchas agus cleachdadh-fearainn a tha ann an cunnart atharrachadh, gu h-àraidh bho dh'fhàg na daoine.


Slat-tomhais (vii): Tha seallaidhean Hiort gun shamhail air sgàth tùs bholcànach, agus na dhèidh sin side-chaitheamh agus eigheachadh. Chruthaich sin dreach-tìre iongantach nan eilean. Tha bearraidhean eagalach agus stacan mara, agus seallaidhean fon uisge còmhla an seo ann am buidheann a tha gun shamhail.

Slat-tomhais (ix): Tha Hiort gun shamhail a thaobh na th' ann de dh'eòin ann an àite cho beag agus tha na diofar àrainnean bheaga, fhillte eag-eòlais a' toirt buaidh air staid an àite. Tha cuideachd siostam eag-eòlais fillte sna trì sònraichean mara air an làrach a tha riatanach ann a bhith a' cumail suas bith-iomadachd na mara 's na tìre.

Slat-tomhais (x): 'S e Hiort fear dhe na prìomh làraich eòin-mhara san Atlantaig a Tuath agus san Roinn Eòrpa, le còrr is 1,000,000 eun a' cleachdadh an eilein. Tha e gu h-àraidh cudromach airson nan sùlairean, buthaidean agus fulmairean. Tha an talamh-feòir ris a' mhuir agus àrainnean fon uisge cuideachd cudromach, agus tha iad nam prìomh eileamaid ann an suidheachadh an eilein gu lèir. 'S e gnè tearc, inntinneach a th' ann an caoraich fhiadhaich Shòdhaigh agus dh'fhaodadh iad a bhith cudromach mar stòras ginteil.



Clann air an t-sràid mu 1900
© NTS Milne



Earrann 3

A' riaghladh Làrach
Dualchas na Cruinne
Hiort



A' riaghladh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

Tha an earrann seo a' mìneachadh mar a tha Làrach Dualchas na Cruinne air a riaghladh, mar a chaidh am plana riaghlaidh seo ullachadh agus carson a tha feum air.

Mar àite cho cudromach 's a tha aig an Urras, agus mar aon de 39^a Làrach Dualchas na Cruinne air an t-saoghal gu lèir le inbhe dhùbailte, 's e gleidheadh luach sònraichte cruinneil nan eilean fhathast am prìomh amas riaghlaidh, ged a tha daoine a' cur luach air Hiort airson iomadh adhbhar. Dhan MoD, tha Hiort na phàirt bunaiteach de Rainnse Innse Gall; tha ceangal làidir aig na coimhearsnachdan anns na h-èileanan an Iar ris; do chuid eile tha e a' toirt cosnadh dìreach no neo-dhìreach dhaibh. Tha mòran dhaoine air am beò-ghlacadh le sgeulachd Hiort is nan daoine; tha cuid eile a' faicinn gu bheil comas rannsachaidh ann; agus tha cuid eile ga fhaicinn mar àite airson cur-seachad. Mar sin tha riaghladh Hiort cudromach, chan ann a-mhàin dhan Urras, ach do mhòran eile, nam measg riaghaltasan na RA agus Alba, HES, NS, MoD agus luchd-riochdachadh, CnES, agus cuideachd daoine air feadh an t-saoghail. 'S e gnothach toinnte mar sin a th' ann an riaghladh Hiort, agus tha e cudromach dhan Urras gun coileanar glèidhteachas agus riaghladh an làraich le co-obrachadh.





Fulmair le Boraraigh agus na stacan
© Brian W Matthews (bwmphoto)

3.1 Mar a chaidh Plana Riaghlaidh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort ullachadh, agus carson a tha feum air

Tha an Stiùireadh Obrachaidh bho Cho-labhairt Dualchas na Cruinne (2019) ag iarraidh gum bi plana riaghlaidh iomchaidh aig gach Làrach Dualchas na Cruinne, no siostam riaghlaidh eile a chlàradh a bhios a' sònrachadh mar a bu chòir Luach Sònraichte Cruinneil làraich a bhith air a dhìon.

Chaidh am plana seo a dhealbh tro chompàirteachas farsaing cuide ri luchd-ùidhe sa gheamhradh 2017 le fòcas a bharrachd san earrach 2021. Bhathar faiceallach gun deach raon bhuidhnean-ùidhe a chomharrachadh le ùidh ann an riaghladh Hiort san àm ri teachd. Tha modh-obrach co-obrachail aig an Urras a thaobh riaghladh agus tha e air fhaicinn riatanach gus riaghladh faireachail, amalaichte a choileanadh do gach ùidh co-cheangailte ri Hiort. Chaidh cùram a ghabhail airson a bhith cinnteach gun deidheadh gach cùis agus miann a chaidh aithneachadh a chòmhdach anns a' phlana seo.

3.2 Mar a tha Làrach Dualchas na Cruinne Hiort air a riaghladh

Bidh riaghladh Hiort san àm ri teachd air a bhonntachadh air a' phlana riaghlaidh seo. Mar a chaidh ainmeachadh ann an earrann 1.4, tha an lèirsinn, na builean agus na h-amasan còmhla a' dèanamh frèam riaghlaidh tron tèid planaichean gnìomh mionaideach, pròiseactan sònraichte agus gnìomhan obrachaidh a libhrigeadh.

Tha am plana riaghlaidh sa mhòr-chuid air a bhonntachadh air Prionnsabalan Ionnsachaidh, Inntreadh & Tlachd an Urrais (2018), cho math ri reachdas agus poileasaidh ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.⁹ Tha prionnsabalan an Urrais air cùl cho-dhùnaidhean mu Hiort, a' tarraing air smaoineachadh eadar-nàiseanta agus dleasan fad-ùine do ghlèidhteachas cultarail agus leasachadh seasmhach mar a tha sin a' nochdadh ann an Cùmhnant Burra¹⁰ agus Amasan Leasachadh Seasmhach nan DA (SDGs).¹¹ Ann am facal, tha am modh-obrach a tha air a chur a-mach ann am prionnsabalan an Urrais a' toirt prìomhachas do ghlèidhteachas dualchais le cudrom nàiseanta agus eadar-nàiseanta, agus do cho-dhùnaidhean a tha gu math dualchas, àrainneachd agus muinntir Alba sa cheann fhada. Tha na prionnsabalan cuideachd a' sealltainn modh-obrach an Urrais a thaobh cho-dhùnaidhean:

- Bonntaichte air cudrom
- Prìomhachas air slàinte is sàbhailteachd; a rèir sin, prìomhachas air glèidhteachas far an nochd còmhstri eadar glèidhteachas agus ùidhean eile
- Stèidhichte air fianais, a' cleachdadh eòlas agus comhairle eòlaichean an dà chuid taobh a-staigh agus a-muigh an Urrais

Mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, far an nochd còmhstri eadar glèidhteachas agus ùidhean eile, bidh prìomhachas aig glèidhteachas. Ma nochdas còmhstri eadar modhan-obrach diofar ùidhean glèidhteachais, (me, far am faodadh còmhstri a bhith eadar modh-obrach sònach a thaobh glèidhteachas an dreach-tìre chultarail agus am prionnsabal leigeil le nàdar ruith gu nàdarra) thèid sin fhuasgladh tro bhith a' cur prionnsabalan an Urrais an sàs (modh-obrach stèidhichte air fianais agus cudrom), tro cho-obrachadh cuide ri pìomh luchd-ùidhe agus luchd-comhairleachaidh eòlach eile.



⁹ Tha liost slàn dhen reachdas bhuntainneach, poileasaidhean agus stiùireadh ann an Appendix 3.

¹⁰ The Burra Charter – the Australia ICOMOS Charter for Places of Cultural Significance, 2013

¹¹ Amasan Leasachadh Seasmhach nan DA: <https://sustainabledevelopment.un.org/?menu=1300>

3.3 Mar a thèid Plana Làrach Dualchas na Cruinne Hiort a chur an gnìomh

Cuiridh an t-Urras am plana riaghlaidh an gnìomh, le co-obrachadh cuide ri ceithir phrìomh luchd-ùidhe:

- Comhairle nan Eilean Siar (CnES)
- Àrainneachd Eachdraidheil Alba (HES)
- NàdarAlba (NS)
- Ministrealachd an Dìon (MoD) agus luchd-riochdachaidh

Tha an luchd-ùidhe a' toirt taic do libhrigeadh an Urrais dhen phlana riaghlaidh, le comhairle eòlach, goireasan agus fuincseanan riaghlaidh. Gheibhear mìneachadh slàn air dreuchd gach buidheann-ùidhe ann an Appendix iii. 'S e am prìomh dhòigh air dèanamh cinnteach à conaltradh cunbhalach agus libhrigeadh nan amasan sa phla riaghlaidh cuide ri prìomh luchd-ùidhe a dhol tro na Buidhean Riaghalcih Obrachaidh is Ro-innleachdail:

- Bidh am Buidheann Riaghlaidh Ro-innleachdail (SMG) a' toirt stiùireadh ro-innleachdail, a' beachdachadh agus a' comhairleachadh air poileasaidhean ùra, agus a' cumail sùil air a' phlana riaghlaidh agus an libhrigeadh, mar a bhios feum air.
- Bidh am Buidheann Riaghlaidh Obrachail (OMG) ag aontachadh nam planaichean obrach agus a' co-òrdanachadh ghnìomhan air am planadh le gach buidheann a tha nam ball gus an cuideachadh a' coileanadh an dleastanasan. Bidh OMG a' coinneachadh gu cunbhalach gus adhartas a sgrùdadh.


3.4 Sòn Bufair Làrach Dualchas na Cruinne

Tha an Stiùireadh Obrachaidh airson Co-labhairt Dualchas na Cruinne (2019) a chur an gnìomh ag ràdh gum feum, far a bheil sin riatanach airson dìon làraich, sòn bufair iomchaidh a bhith ann. Far nach eil sòn bufair san amharc, bu chòir iomradh a bhith san ainmeachadh air carson nach eil feum air sòn bufair.

Chaidh bruidhinn air sòn bufair san ath-ainmeachadh ann an 2005; an car Hiort, chan eil sòn bufair idir ann. A thaobh an dualchais chultarail, fhiosaigich air tìr, tha am muir fhèin na dhìon timcheall nan eilean. Ged a dh'fhaodadh cunnart a bhith ann dhan sgìre mhuireil, chaidh co-dhùnadh gu bheil lagh na RA 's na Roinn Eòrpa, mar a tha e an-dràsta, a' toirt dìon dhan làrach agus nach cuireadh sòn bufair càil ris an sin.



© NTS



Earrann 4

Cunnartan agus cothroman
do riaghladh Làrach
Dualchas na Cruinne Hiort
san àm ri teachd

Cunnartan agus cothroman do riaghladh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort san àm ri teachd

Tha an earrann seo a' comharrachadh nam prìomh chunnartan agus na cothroman a tha an cois riaghladh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort, air a bheil an lèirsinn, na h-amasan agus na builean sa phlana seo bonntaichte. Chaidh cunnartan agus cothroman aithneachadh tro phròiseas Clàrachadh Ùineach UNESCO,¹² sùil a chumail air an làrach, agus compàirteachadh cuide ri luchd-ùidhe. Mar a thugadh iomradh ann an earrann 3.1, fhuair ullachadh a' phlana riaghlaidh seo taic bho chompàirteachadh sònraichte, mionaideach cuide ri luchd-ùidhe.



Gu h-àrd, clì gu deas: Sùlaire an sàs; Glanadh tràghad
Gu h-ìosal, clì gu deas: luchd-tadhail; muc-mhara thràighte
© NTS

¹²
Cuairt Clàrachadh Ùineach, 2013

4.1 Cunnartan do riaghladh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort san àm ri teachd

Tha dìon èifeachdach Làrach Dualchas na Cruinne an urra ri tuigse mhath air a leòntachd agus na cunnartan dhan Luach Shònraichte Chruinneil aige (OUV). Thar nam mìltean bhliadhnaichean a chaidh seachad, tha dreach-tìre cultarail agus nàdarra Hiort air atharrachadh agus cumaidh e air ag atharrachadh. Nì am plana seo cinnteach gun tèid atharrachadh a riaghladh na leithid de dhòigh 's gun leasaich e, no nach dèan e cron air, OUV Làrach Dualchas na Cruinne. Tha am plana cuideachd a' toirt frèam airson sùil a chumail air cunnartan a th' ann an-dràsta, no a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd. Thèid Measadh Buaidh Chultarail (HIA) a ghabhail os làimh mus tachair obair no gnìomhachd sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air OUV an làraich, a rèir stiùireadh ICOMOS agus IUCN.

Gabhaidh dèiligeadh ri cuid de chunnartan do Hiort gu h-ionadail leis an Urras agus luchd-ùidhe; cha ghabh cuid eile (mar atharrachadh na gnàth-shìde) agus bidh feum air gu math a bharrachd co-obrachaidh agus obair. Tha liosta san earrann a leanas a' toirt mòr-shealladh air na sia chunnartan a th' ann agus a dh'fhaodadh a bhith ann, le amasan obrachaidh sònraichte a tha a' sealltainn mar a thèid dèiligeadh riutha:

- Atharrachadh na Gnàth-shìde
- Gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheil
- Càradh eachdraidheil agus obair glèidhteachais
- Truailleadh
- Buadh mhòr-ghalaran
- Leasachadh far-thìr

4.1.1 Atharrachadh na gnàth-shìde

Tha atharrachadh na gnàth-shìde na chunnart mòr dhan OUV aig Làrach Dualchas na Cruinne Hiort, gu mòr air sgàth chleachdaidhean nach eil fo smachd an Urrais. Tha an teòthachd air uachdar na mara mun cuairt nan eilean a' dol suas. Bheir atharraichidhean co-cheangailte ris an sin ann an eag-shiostam na mara buaidh air gnèithean na mara, agus cuideachd air na coloinidhean de dh'èòin-mhara a bhios a' gintinn air na h-eileanan. Dh'fhaodadh atharrachadh anns na gnèithean creich buaidh mhòr a thoirt air soirbheachadh gintinn agus beatha iseanan. Dh'fhaodadh atharrachadh na gnàth-shìde tricead agus cruas stoirmean adhbhrachadh, no dh'fhaodadh tart a bhith ann nas trice. Dh'fhaodadh buaidh mhòr a bhith aig an sin air dualchas cultarail agus nàdarra nan eilean. Dh'fhaodadh barrachd bleith cladaich a bhith ann air sgàth stoirmean agus e bhith nas luaithe. Chuireadh sin tasgaidhean arc-eòlachail agus cuid de structaran ann am barrachd cunnairt bho mhilleadh agus call. Dh'fhaodadh atharrachadh ann am pàtrain silidh, an dara cuid treisean nas fhaide de thart no dòrtaidhean obann, an fhàsmhorachd atharrachadh agus bhiodh togalaichean agus an dreach-tìre a' cur feum air leasachadh.

Dh'fhaodadh atharrachadh na gnàth-shìde cuideachd buaidh a thoirt air riaghladh obrachaidh. Dh'fhaodadh e droch bhuaidh a thoirt air siubhal a Hiort is às. Bheireadh sin buaidh air luchd-obrach, luchd-rannsachaidh agus cunnradair; solar bìdh riatanach, stuthan agus uidheamachd; àireamh luchd-tadhail. Dh'fhaodadh gum biodh feum air uisge a thoirt a-steach nam biodh treisean de thart ann agus gum biodh bacadh air an àireimh dhaoine air an eilean.

Bidh feum air pròiseas measaidh agus co-chur dhen dàta monataraidh a th' ann an-dràsta an taobh a-staigh de bhliadhna de dh'àm a' phlana seo mus gabh amasan sònraichte a shuidheachadh airson freagradh agus leasachadh co-cheangailte ri atharrachadh na gnàth-shìde. Ach bidh èiginn na gnàth-shìde ge-tà aig cridhe nan obrachaidhean agus nan co-dhùnidhean mu Hiort.

Amas plana:

Amas 3.1 Amasan airson freagradh agus leasachadh co-cheangailte ri atharrachadh na gnàth-shìde a leasachadh agus a chur an gnìomh, stèidhichte air toraidhean measadh Indeacs Leòntachd na Gnàth-shìde (CVI).

4.1.2 Gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheil

Tha gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheil a dh'fhaodadh tighinn a-steach – mar lusan, mamalan, neo-dhruim-altachain agus galar – nan sìor chunnart do dh'eag-shiostam na mara 's na tìre. Ged as e seo fear dhe na cunnartan as motha do Làrach Dualchas na cCruinne, gabhaidh a' chuid as motha dhe na h-eileamaidean a bhith air an riaghladh leis an Urras agus prìomh luchd-ùidhe tro bhith-thèarainteachd làidir.

Amas plana:

Amas 1.1 Bidh na h-eileanan saor bho ghnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheil a dh'fhaodadh cron a dhèanamh.

4.1.3 Càradh eachdraidheil agus obair glèidhteachais

Thathar air a bhith a' dèanamh obair càraidh air togalaichean ann a' Hiort bho 1957, ach bha tòrr dhen sin nach deach a chlàradh gu anmoch san 20mh linn. Uaireannan, cha deach stuthan freagarrach a chleachdadh agus cha robh an obair air a deagh dhealbh agus tha sin a' ciallachadh gu bheil trioblaidean ann a-nis. Far a bheil na trioblaidean sin aithnichte gu soilleir bho obair an dèidh 1930, feuchaidh an t-Urras ris a' chùis a chur ceart, agus molaidh iad fuasglaidhean le co-obrachadh cuide ri prìomh luchd-ùidhe agus pròiseas coitcheann nan aonta. Tha stòr-dàta an dualchais chultarail feumail sa phròiseas seo, airson obair san àm a dh'fhalbh a chlàradh agus airson ceangal ri dealbhan eachdraidheil. Far nach eil an fhianais buileach cho cinnteach, thèid dèiligeadh ris na cùisean sin fear mu seach mar a nochdas iad, tro chòmhradh agus tarraing air prionnsabalan glèidhteachais agus sàr chleachdadh an latha an-diugh. Bidh an obair seo mar phàirt dhen phrògram càraidh againn gach bliadhna.

Amas plana:

Amas 2.1 Thèid cudrom cultarail Hiort a ghleidheadh agus a mhìneachadh tro mhodh-obrach roghnach, sònail a thaobh glèidhteachas nan togalaichean is nan structaran.



Buidheann-obrach tràth 1950n
© NTS

4.1.4 Truailleadh

Tha na h-ìrean truailleadh a tha an-dràsta anns na cuantan nan cunnart do bheatha na mara agus do dh'èoin-mhara. Chan eil seo fo smachd an Urrais. Bidh sgudal plastaig agus uidheaman iasgaich a' marbhadh agus a' leòn beatha na mara agus èoin-mhara ann an Làrach Dualchas na Cruinne an seo. Dh'fhaodadh dòrtadh ola agus stuthan togsaig eile a bhith nan cunnart, agus cuideachd fosgladh an Atlantaig a Tuath gu lorg agus tarraing ola. A thaobh an obrachaidh againn fhèin ann a' Hiort, leanaidh sinn am poileasaidh agus an reachdas air cur-às do sgudal agus aiseag chonnaidhean, agus sinn a' feuchainn ri ar buaidh air an àrainneachd a chumail cho beag 's as urrainn.

Amas plana:

Amas 1.7	A bhith cinnteach nach bi obair dhaoine an-dràsta no san àm ri teachd na cunnart do Làrach Dualchas na Cruinne.
----------	---


4.1.5 Buidh mhòr-ghalaran

Tha, agus dh'fhaodadh, mòr-ghalaran, no galar ionadail, a bheir buaidh air gluasad dhaoine, a bhith nan cunnart an-dràsta agus san àm ri teachd, a thaobh ar comais sùil a chumail air cùisean co-cheangailte ri Làrach Dualchas na Cruinne agus a riaghladh. Tha buaidh air siubhal ann is às, agus tha buaidh aig an sin air luchd-obrach, luchd-rannsachaidh agus luchd-obrach saor-thoileach, a bharrachd air an obair a bhios iad a' dèanamh. Tha buaidh cuideachd air libhrigeadh bìdh, stuthan agus uidheaman, agus thèid àireamh an luchd-tadhail sìos. Bidh buaidh air eaconamaidhean cruinneil agus ionadail, agus dh'fhaodadh sin buaidh a thoirt air a' mhaoineachadh agus na goireasan a bhios ann airson an làraich.

Amas plana:

Amas 6.1 Gum bi sinn nas cinntiche a thaobh maoineachadh, a' dèanamh cinnteach gun toir teachd-a-steach taic dha na prìomh obraachaidhean againn, tro bhith a' lorg agus a' faighinn na buannachd as motha bho shruthan teachd-a-steach.

Amas 6.4 Co-obrachadh cuide ri luchd-ùidhe gus Plana Riaghladh Làrach na Cruinne Hiort a libhrigeadh.



4.1.6 Leasachadh far na tìre

Dh'fhaodadh leasachadh far na tìre co-cheangailte ri lorg ola agus lùth ath-nuadhachail san Atlantaig a Tuath a bhith na chunnart a dh'fhaodadh droch bhuaidh a thoirt air suidheachadh Làrach Dualchas na Cruinne. Dh'fhaodadh leasachadh far na tìre, agus barrachd luingeachd co-cheangailte ris, cuideachd droch bhuaidh a thoirt air gnèithean na mara, 's dòcha barrachd long-bhrisidhean a bhith ann, agus bacadh a chur air làraich beathachaidh agus lasachaidh eòin-mhara. Ach ge-tà, 's e cunnart a tha a' tighinn am bàrr a tha seo; tha sinn fhathast ag ionnsachadh mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aige, agus tha feum air barrachd rannsachaidh. Tha an t-Urras ag aithneachadh gu bheil na cunnartan bho leasachadh far na tìre an ìre mhath taobh a-muigh Làrach Dualchas na Cruinne agus taobh a-muigh smachd an Urrais. Ged a thathar a' toirt taic do leasachadh lùth ath-nuadhachail air a dheagh dhealbhadh, feumaidh an t-Urras obrachadh cuide ri prìomh luchd-ùidhe gus measadh a dhèanamh air gach fear agus tagradh a dhèanamh airson co-dhùnaidhean dealbhachaidh a bheir dìon do OUV an làraich.

Amasan plana:

Amas1.7 Dèanamh cinnteach nach bi obair dhaoine an-dràsta no san àm ri teachd na cunnart do Làrach Dualchas na Cruinne.

Amas 6.4 Co-obrachadh cuide ri luchd-ùidhe gus Plana Riaghladh Dualchas Làrach na Cruinne Hiort a lìbhrigeadh.

4.2 Cothroman

Chaidh na leanas aithneachadh mar phrìomh chothroman airson riaghladh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort:

- Rannsachadh
- Turasachd sheasmhach
- Goireasan obrachaidh

4.2.1 Rannsachadh

Tha Artaigil 5 dhen Cho-labhairt mu Dhìon Dualchas Cultarail agus Nàdarra na Cruinne aig UNESCO ag ràdh gum bu chòir Partaidhean Stàite:

'sgrùdadh saidheansail agus teicnigeach agus rannsachadh a leasachadh, agus modhan obrachadh a-mach a chiallaicheas gum bi an Stàit air chomas ceumannan a ghabhail an aghaidh nan cunnartan a tha fa chomhair an dualchais nàdarra no chultarail.'

Tha Hiort a' toirt dhuinn chothroman sònraichte a thaobh dualchas nàdarra agus cultarail a rannsachadh, agus anns na bliadhnaichean mu dheireadh, tha Làrach Dualchas na Cruinne air taic a thoirt do raon farsaing de chuspairean rannsachaidh. Chaidh iad sin a libhrigeadh tro cho-obrachadh ris an Urras agus prìomh luchd-ùidhe (me, sgrùdadh arc-eòlachail) neo taic do phròiseactan rannsachaidh neo-eisimeileach (me, Pròiseact Caoraich Shòdhaigh ann a' Hiort) agus tro thaic do chothroman rannsachaidh aon-turas (me, obair-raoin oilthigh agus PHD). Tha an t-Urras gu mòr airson gum bi comas air cothroman rannsachaidh ann a' Hiort, ag aithneachadh gum bi an leasachadh air eòlas agus tuigse a tha a' dol air adhart na stèidh dhan mhodh-obrach againn a thaobh dìon agus riaghladh san àm ri teachd.

Ach tha dùbhlain an cois rannsachadh ann a' Hiort. Chan àbhaist inntreadh a bhith comasach ach ann an ràith goirid an t-samhraidh air sgàth na droch shìde a tha buailteach a bhith san àite. Tha cothroman rannsachaidh a tha a' cur feum air obair air a' bhlàr a-muigh ann a' Hiort air an cuingealachadh a rèir ghoireasan agus àitichean-fuirich, agus loidsistigs a bhith a' dèanamh rannachadh ann an àite cho iomallach. Tha an àrainneachd gun shamhail ann a' Hiort, còmhla ris an inbhe eadar-nàiseanta aige mar Làrach Dùbailte Dualchas na Cruinne aig UNESCO a' ciallachadh gum feum an t-Urras tric prìomhachas a thort do dh'ùidhean rannsachaidh a tha a tha a' farpais ri chèile, ach aig an aon àm dèanamh cinnteach nach dèan an rannsachadh milleadh sam bith agus nach cuir e an dualchas ann an cunnart.

Fhad 's a bhathar ag ullachadh a' phlana riaghlaidh seo, chaidh Stiùireadh mu Rannsachadh ann a' Hiort a stèidheachadh airson a bhith cinnteach gum bi rannsachadh san àm ri teachd iomchaidh agus gum bi cothrom ann air prìomhachas amasan. Fhad 's a bhios am plana riaghlaidh seo ann am bith, leasaichidh an t-Urras ro-innleachd a chomharraicheas raointean prìomhachais airson rannsachadh ann an grunn chuspairean. Coileanaidh iad seo frèaman nàiseanta rannsachaidh mar Frèam Rannsachadh Arc-eòlachail na h-Alba a thuilleadh air amasan ro-innleachdail an Urrais fhèin. Cleachdaidh an t-Urras an ro-innleachd rannsachaidh seo agus an Stiùireadh mu Rannsachadh ann a' Hiort airson co-dhùnadh an dèan iad rannsachadh, an toir iad coimisean no an dèan iad co-obrachadh air rannsachadh co-cheangailte ri Làrach Dualchas na Cruinne Hiort. Tha an stiùireadh ann an Appendix 4.

Amasan plana:

Amas 5.3 Barrachd rannsachaidh a chomasachadh a bheir taic dhar tuigse air Làrach Dualchas na Cruinne, le treòrachadh bhon Stiùireadh mu Rannsachadh ann a' Hiort.

Amas 5.4 Ro-innleachd rannsachaidh a leasachadh a chomharraicheas prìomh raointean airson rannsachadh agus a stèidhicheas ceangalan airson an libhrigeadh.

4.2.2 Turasachd sheasmhach

Bu chòir gun còrdadh Hiort gu mòr ri luchd-tadhail, agus tha turasachd a' tabhann chothroman cudromach airson buannachdan eaconamach agus sòisealta dhan Urras agus dhan choimhearsnachd san fharsaingeachd a thaobh glèidhteachas. Ach dh'fhaodadh àireamh mhòr de luchd-tadhail aig amannan trang buaidh a thoirt air a' bhun-structar, togalaichean agus gnèithean, a bharrachd air faireachdainn an àite. 'S urrainn dhuinn dèiligeadh ris an àireimh luchd-tadhail a th' ann an-dràsta, ach feumaidh sinn beachdachadh air a' mhodh-obrach againn airson turasachd sheasmhach san àm ri teachd. 'S e amas an Urrais, buannachdan deimhinneach turasachd a bhrosnachadh, droch bhuaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann a lùghdachadh agus Hiort a bhith na eisimpleir air turasachd sheasmhach. Cuiridh seo feum air tuigse mhath air buaidh turasachd air Hiort fhad 's a bhithear a' leasachadh dhòighean air droch bhuaidhean a leasachadh.

Amasan plana:

Amas 1.7 Dèanamh cinnteach nach bi obair dhaoine na cunnart do Làrach Dualchas na Cruinne an-diugh no san àm ri teachd.

Amas 4.3 Ro-innleachd a leasachadh agus a chur an gnìomh airson turasachd sheasmhach.

4.2.3 Goireasan obrachaidh

Le goireasan fòcasichte a bharrachd, thèid againn air barrachd a dhèanamh anns gach raon. Dh'fhaodamaid coinneachadh ri luchd-tadhail nas trice; prògram eadar-mhìneachaidh nas fheàrr a bhith againn a' tabhann eòlas ùghdarraile; agus barrachd obair for-ruigheachd a dhèanamh cuide ri compàirtichean ionadail, mar sgoiltean, companaidhean thurasan agus ionadan-luchd-tadhail a thathar a' moladh ann an Innse Gall. Dh'fhaodamaid cuideachd sùil a chumail air barrachd ghnèithean eòin-mhara (agus gnèithean eile) agus caidreachas a leasachadh cuide ri luchd-rannsachaidh airson tuigse nas fheàrr air an dualchas nàdarra. Dheidheadh an dualchas cultarail a chumail suas nas fheàrr, agus dh'fhaodamaid prògram sgilean ann an riaghladh dualchas cultarail agus mar a chumar suas e. Air an làimh eile, tha cuingealachaidhean ghoireasan taobh a-staigh an Urrais agus aig buidhnean-ùidhe nan duilgheadas do riaghladh san àm ri teachd bhon a tha lìbhrigeadh a' phlana seo an urra ri tomhas math de ghoireasan agus de luchd-obrach. Dh'fhaodadh atharrachaidhean ann an riaghladh ionad MoD buaidh a thoirt air riaghladh obrachaidh agus feumalachdan a thaobh sgilean do luchd-obrach an Urrais. Mura bi luchd-obrach air an eilean airson fiosrachadh a thoirt agus cùisean a riaghladh, bhiodh e na bu dòcha gun tigeadh gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheil a-steach, gun deidheadh stuth a ghoid no a mhilleadh san dualchas thogte.


Amasan plana:

Amas 6.1 A bhith nas cinntiche a thaobh an airgid, a' dèanamh cinnteach gun toir teachd-a-steach taic dhan phrìomh obair againn tro bhith a' lorg agus a' dèanamh an fheum as fheàrr de theachd-a-steach.

Amas 6.4 Co-obrachadh còmhla ri luchd-ùidhe gus Plana Riaghladh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort a libhrigeadh.



Sùlairean a' dàibheadh
© Mc2 Photography



Earrann 5

Builean agus Amasan
Obrachaidh

Builean agus Amasan Obrachaidh

Buil 1

Thèid bith-iomadachd, àrainnean agus fuincseanan eag-eòlachail Làrach Dualchas na Cruinne a ghleidheadh.

'S e bith-iomadachd, àrainnean agus fuincseanan eag-eòlachail Hiort am prìomhachas glèidhteachais a dh'fheumas a bhith againn airson gum bi an riaghladh cho èifeachdach 's a ghabhas. Tha bith-iomadachd agus eag-shiostaman na mara ag atharrachadh mar-thà fa chomhair atharrachadh na gnàth-shìde, agus feumaidh sinn feuchainn ris na h-atharrachaidhean sin, agus a' bhuidh aca, a thuigsinn.

Tha na h-eileamaidean a tha a' dèanamh suas dualchas nàdarra Hiort gu lèir an lùib a chèile. Tha iad ge-tà, airson riaghladh a dhèanamh nas fhasa, air am briseadh sìos nan diofar raointean airson gun gabh targaidean sònraichte glèidhteachais a shuidheachadh airson dhaibh uile. Cumaidh sinn oirnn a' cur plana bith-thèarainteachd an gnìomh agus nì sinn sgrùdadh agus leasachadh air modhan-obrach mar a bhios feum orra.



uthaide
© NTS

Bith-thèarainteachd

Tha gnèithean neo-dhùthcasach, ionnsaigheil nan cunnart do dhualchas nàdarra Hiort, chan ann a-mhàin do ghnèithean fa leth, ach cuideachd dha na h-eag-shiostaman gu lèir. 'S e na h-eòin-mhara agus na luchainn as motha a tha ann an cunnart bho ghnèithean mhamalan a dh'fhaodadh tighinn a-steach, ach dh'fhaodadh lusan, gnèithean mara agus galar-ghinein dragh a chur air eag-shiostaman ionadail agus buaidh a thoirt air dualchas nàdarra nan eilean gu lèir.

Eòin-mhara

Tha cudrom cruinneil aig coloinidhean nan eòin-mhara ann a' Hiort, ach tha strèan mòr orra mar a tha an saoghal ag atharrachadh. Thug atharrachadh ann an teòthachd na mara, truailleadh agus iasgach air fad buaidh air àireamh nan eòin-mhara agus air gintinn shoibheachail. Airson a' bhuidh aca sin a thuigsinn agus airson co-dhùnaidhean mu phoileasaidh agus mu riaghladh a bhonntachadh orra, cumaidh sinn oirnn a' cumail sùil air na coloinidhean gintinn agus a' co-roinn fiosrachadh ris na sgeamaichean clàraidh nàiseanta. Nì sinn cinnteach nach bi obair dhaoine air Làrach Dualchas na Cruinne na cunnart, agus bheir sinn taic do rannsachadh a chuidicheas sinn gu bhith a' tuigsinn giùlan agus àrainnean nan eòin-mhara. Bheir an t-Urras taic do cheumannan a bheir dìon a bharrachd do dh'eòin-mhara agus do ghnèithean. Le dealas leantainneach a thaobh bith-thèarainteachd, monatoradh agus obair tagraidh, cuiridh sinn ris an amas againn na coloinidhean de dh'eòin-mhara ghintinneach, a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, a chumail ann an cor fàbharach, reachdail, ach tha sinn mothachail gu bheil iomadh factar air nach eil smachd againn.

Làrach-mhara Dualchas na Cruinne

Tha àrainneachd na mara mun cuairt Hiort, a tha a' dèanamh suas còrr is 90% de Làrach Dualchas na Cruinne, ann an staid a tha cha mhòr gu tur foirfe, le glè bheag de bhuaidh obair ionadail dhaoine. Chan fhaighear air acair a leagail ach ann am Bàgh a' Bhaile, far a bheil grunn bog na mara math airson acair a chumail agus chan eil mar sin mòran millidh ann. Tha beagan iasgach chlàibh san sgìre, ach chan eil fios air dè na tha iad a' glacadh. Tha e ceadaichte dìosail aiseag bho bhàta gu tìr fo riaghailtean, agus cuideachd stuth sam bith bhon tanca-lobhaidh ann a' Hiort. Tha strèan mòr air na cuantan air sgàth teòthachd na mara a bhith ag èirigh, truailleadh agus cus iasgaich, ach tha e riatanach do dhìon eag-shiostaman ann a' Hiort gum bi iad fallain. Bheir an t-Urras taic, agus nì iad tagradh, do cheumannan a dh'ionas àrainneachd na mara. Le dealas leantainneach a thaobh bith-thèarainteachd, monitoradh agus obair tagraidh, cuiridh sinn ris an amas againn àrainneachd na mara a chumail ann an cor fàbharach, reachdail, ach tha sinn mothachail gu bheil iomadh factar air nach eil smachd againn.

Àireamh nan caorach

Tha caoraich dhubh-cheannach Shòdhaigh agus Bhoraraigh nam pàirt chudromach de dhualchas Hiort, fuigheall dhen choimhearsnachd a bha uair a' fuireach an sin, agus tha iad nam prìomh phàirt de dh'eachdraidh nan daoine air na h-eileanan. Tha mar a tha an gnè prìomhadail de chaoraich Shòdhaigh, saor bho steach-chur ginteil ghnèithean ùra ann an Sòdhaigh, air fear dhe na feartan cudromach agus iongantach a th' aca agus tha e gan comharrachadh mar stòras ginteil a dh'fhaodadh a bhith cudromach. Tha dubh-cheannaich Bhoraraigh cuideachd air an comharrachadh mar ghnè tearc a th' ann an cunnart mòr. Air feadh nan eilean, cumar a' coimhead air na caoraich mar bheathaichean fiadhaich leis an tuigse nach gabhar gnothach riutha, ach a-mhàin ann an suidheachadh neo-àbhaisteach (me, galar a dh'fhaodadh àireamh nan caorach a chur ann an cunnart). Ann an 2020 dhearbh Riaghaltas na h-Alba gur e gnè neo-dhùthchasach a bh'anns na caoraich. Cumaidh an t-Urras a' leantainn reachdas Riaghaltas na h-Alba a thaobh àireamh nan caorach.



Coireal bog agus ceilp
© NatureScot



Caora Caoraich
© Mc2 photography



Luch Hiort
© Mc2 Photography

Gnèithean dùthchasach agus faisg-dhùthchasach

Tha iomallachd Hiort a' ciallachadh gun tàinig atharrachadh am measg cuid de ghnèithean, a tha a-nis air an aithneachadh mar ghnèithean eadar-dhealaichte: dreathan-donn Hiort (*Troglodytes troglodytes hirtensis*), luchd-fheòir Hiort (*Apodemus sylvaticus hirtensis*) agus beàrnan-brìde Hiort (*Taraxacum pankhurstianum*) – nach deach aithneachadh gu 2012. Cuideachd cudromach tha an raodan (*Ceutorhynchus insularis*) – nach eil clàraichte an-dràsta ach air an Dùn agus Eileanan Westman Innis Tìle; a' chuileag thearc *Calliphora uralensis*; agus 10 *ichneumonan* (speachan parasaitigeach), nach eil an àite eile sna h-Eileanan an Iar ach ann a' Hiort. Tha e na phrìomhachas sa phlana riaghlaidh seo, tuisge nas fheàrr fhaotainn air gach gnè agus mar a tha iad ag eadar-obrachadh cuide ri gnèithean eile agus ris an àrainneachd, a bharrachd air sùil a chumail air àireamh nan gnèithean. Bidh seo a' ciallachadh gun gabh riaghladh san àm ri teachd a chuimseachadh san dòigh as èifeachdaiche.

Coimhearsnachdan lusan

Air sgàth 's far a bheil Hiort suidhichte, chan eil àireamh mhòr de lusan bhasgular ann. Tha cobhar saillte na mara a' toirt buaidh air gach eilean, agus 's e fàs-mhorachd mhara, mar a tha a bitheanta ann an Alba, as motha a th' anns na coimhearsnachdan lusan. Tha lus-nan-laoch (*Sedum rosea*) agus sunais na h-Alba (*Ligusticum scoticum*) air mòran dhe na bearraidhean bheartagail a th' air an drùdhadh le cobhar saillte na mara, le coirean na mara (*Silene uniflora*) agus brisgean-tràghad (*Armeria maritima*) pailt. Tha barrachd bith-iomadachd ann air sgàth lusan artaigeach-ailpeach, mar clach-bhriseach purpaidh (*Saxifraga oppositifolia*) agus coirean-còinnich (*Silene acaulis*). Tha cuid dhe na h-eisimpleirean as fharsainghe agus as fheàrr san Roinn Eòrpa dhen t-seòrsa fàs-mhorachd mhara Atlantaigeach thearc seo ann a' Hiort, agus tha iad air an comharrachadh mar choimhearsnachdan lusan Natura 2000 leis an Sgìre Shònraichte (SAC).

Tha còinneach agus braidheofaitean cudromach ann a' Hiort. An dèidh sgrùdaidhean ann an 2013, chaidh braidheofait ùr a chlàradh airson Alba agus chaidh adha-lus a tha tearc gu nàiseanta agus gu cruinneil aithneachadh. Tha caoraich ag ionaltradh ann a' Hiort agus ann am Boraraigh, ach chan eil ionaltradh air an Dùn idir. Thèid cumail ris a' mhodh-obrach seo a thaobh ionaltradh (mar a tha e aig àm comharrachadh SAC) thairis air a' chuid as motha dhe na h-eileanan, ged as dòcha gun tèid amas air pàtrain shònraichte fàs-mhorachd airson sgìrean beaga.

Le dealas leantainneach a thaobh bith-thèarainteachd, monatoradh agus obair tagraidh, cuiridh sinn ris an amas againn coimhearsnachdan lusan nam bearraidhean mara agus leòidean a chumail ann an cor fàbharach, reachdail, ach tha sinn mothachail gu bheil iomadh factar air nach eil smachd againn.



Latha trang samhraidh
© NTS

Buaidh obair dhaoine

Bidh daoine a' fuireach agus ag obair ann a' Hiort, am prìomh eilean, agus bidh mòran eile a' tadhal air an eilean. Ged nach toir a' mhòr-chuid de dh'obair no de chur-seachadan mòran buaidh air an àite, dh'fhaodadh cuid de rudan droch bhuaidh a thoirt air àrainnean, fiadh-bheatha, fuigheall cultarail no tlachd san àite. Comharraichidh sinn rudan a dh'fhaodadh cron a dhèanamh agus, far an gabh sin dhèanamh, thèid am bacadh no gabhar ceumannan airson an leasachadh. Bidh a h-uile càil air an eilean stèidhichte air an tuigse seo.

Amas 1.1	Cha bhi gnèithean neo-dhùthchasach, ionnsaigheil ann a dh'fhaodadh cron a dhèanamh air na h-eileanan.
Amas 1.2	Le dealas leantainneach a thaobh bith-thèarainteachd, monatoradh agus obair tagraidh, cuiridh sinn ris an amas againn àireamh eòin-mhara ghinntinn a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta a chumail ann an cor fàbharach, reachdail, ach tha sinn mothachail gu bheil iomadh factar air nach eil smachd againn. ¹³
Amas 1.3	Obraichidh sinn cuide ri compàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil gach feart de Làrach Dualchas na Cruinne air a dhìon ann an dòigh fhreagarrach.
Amas 1.4	Le dealas leantainneach a thaobh bith-thèarainteachd, monatoradh agus obair tagraidh, cuiridh sinn ris an amas againn àrainnean eadar làin agus fon uisge a chumail ann an cor fàbharach, reachdail, ach tha sinn mothachail gu bheil iomadh factar air nach eil smachd againn. ¹³
Amas 1.5	Barrachd tuigse agus cumail suas ghnèithean agus fo-ghnèithean dùthchasach agus neo-dhùthchasach.
Amas 1.6	Le dealas leantainneach a thaobh bith-thèarainteachd, monatoradh agus obair tagraidh, cuiridh sinn ris an amas againn coimhearsnachdan lusan nam bearraidhean mara agus leòidean a chumail ann an cor fàbharach, reachdail, ach tha sinn mothachail gu bheil iomadh factar air nach eil smachd againn. ¹³
Amas 1.7	Dèanamh cinnteach nach toir bi obair dhaoine an-dràsta no san àm ri teachd nan cunnart do Làrach Dualchas na Cruinne.

¹³ Tha slatan-tomhais cor fàbharach, reachdail a' toirt amasan glèidhteachais airson ghnèithean agus àrainnean taobh a-staigh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort. Tha na slatan-tomhais a thaobh cor air an cur a-mach agus air am monatoradh an-dràsta 's a-rithist le NàdarAlba. Tha dàta air cor fàbharach is monatoradh aig NàdarAlba.



A' luchdadh clò agus clòimh airson na maragaid
© NTS

Buil 2

Thèid dualchas cultarail Làrach Dualchas na Cruinne a ghleidheadh.

Tha daoine air a bhith a' dol a Hìort agus a' fuireach ann o chionn nam mìltean bhliadhnaichean. Dh'fhàg gach ginealach an làrach fhèin air an dreach-tìre, agus thug an dreach-tìre agus a' ghnàth-shìde buaidh orrasan cuideachd. An-diugh tha fianais air tuineachadh dhaoine soilleir air feadh dreach-tìre nan eilean, ach gu h-àraidh ann a' Hìort far am bu mhotha a bha daoine a' fuireach. 'S e am prìomhachas againn an dreach-tìre cultarail co-cheangailte ris na coimhearsnachdan a bh' ann a' Hìort suas gus an deach fhalamhachadh ann an 1930 a ghleidheadh agus a mhìneachadh. Mar a chaidh ainmeachadh san Aithris Luach Sònraichte Cruinneil, tha buaidh aig obraichean ùra (me, togalaichean agus dìon costail a thogadh bho 1930) air iomlanachd an làraich. Rè a' phlana riaghlaidh seo, thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air an obair sin a rèir Prionnsabalan Glèidhteachais an Urrais, le dùil gun toirear air falbh feadhainn air nach eil feum tuilleadh no nach eil uabhasach cudromach. Leigidh seo leinn gearradh air ais air buaidh obraichean ùra agus iomlanachd an dreach-tìre.

Chan e a-mhàin gu bheil dualchas cultarail Hìort a' gabhail a-steach chùisean 's charraighean beanailteach an àm a dh'fhalbh agus an latha an-diugh, ach tha e cuideachd a' gabhail a-steach dualchas neo-bheanailteach. Tha an dualchas neo-bheanailteach a-mach air a liuthad cleachdadh cultarail a chaidh a chruthachadh le coimhearsnachdan thar ùine, agus a ghabh riutha mar phàirt

dhen dualchas¹⁴ – tha seo a’ còmhach cànan, ceòl, àitichean cultarail agus sgilean. Nuair a chaidh Hiort fhalamhachadh ann an 1930, chan eil a’ mhòr-chuid dhen dualchas neo-bheanailteach a-nis na pàirt de dhualchas bheò, ged a tha cuid de chùisean (mar dòighean-togail ionadail) fhathast a’ dol air adhart. Tha mìneachadh chùisean eile a’ faighinn taic bhon dreach-tìre chultarail, buill-ealain agus cruinnichidhean.

Faodaidh iomadh dùbhlán nochdadh an cois glèidhteachais. A thaobh Hiort, ‘s e sin an cothromachadh eadar mòran dhe na structaran fiosaigeach a ghleidheadh ann an dòigh a chiallaicheas gun gabh eachdraidh nan coimhearsnachdan a bha uair a’ fuireach ann fhathast a mhìneachadh, ach aig an aon àm a’ dèanamh cho beag ‘s a ghabhas gus gun tèid iomlanachd an dreach-tìre chultarail a chaidh fhàgail a ghleidheadh. Tha e cudromach gun tèid dòighean-togail ionadail a chumail, gu h-àraidh a’ chlachaireachd a tha a’ cur cho mòr ri faireachdainn an àite. Tha am modh-obrach a thaobh glèidhteachais an dreach-tìre chultarail stèidhichte air sònaichean cruinn-eòlachail, linn-tean agus gnè-eòlasan, agus a rèir cuingealachadh obrachaidh mar a tha air a chur a-mach ann an aonta riaghlaidh cuide ri Àrainneachd Eachdraidheil Alba. Tha seo a’ cuimseachadh oidhirpean glèidhteachais air prìomh sgìrean mar am baile agus air seòrsaichean thogalaichean air feadh Hiort, mar na cleitean. Rè a’ phlana riaghlaidh seo, thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air an aonta agus am modh-obrach a tha aontaichte an-dràsta, agus ma bhios feum air, thèid beachdachadh air modhan-obrach eile airson a bhith cinnteach gu bheil am modh-obrach againn seasmhach, a’ nochdadh cudrom agus a’ mìneachadh eachdraidh coimhearsnachd Hiort do luchd-tadhail. Tha an uiread a th’ ann, gu h-àraidh tobhtaichean, na dhùbhlán a thaobh glèidhteachais agus riaghladh. Ach tha sinn ann an suidheachadh làidir an dèidh sgrùdadh agus stòr-dàta mionaideach a chruthachadh dhen h-uile làrach ann am program compàirteachaidh cuide ri Coimisean Rìoghail Carraighean Àrsaidh is Eachdraidheil na h-Alba (RCAHMS) agus pròiseact Scottish Ten. Tha an stòr-dàta a’ toirt suidheachadh mapa mionaideach, cunntas, dealbh agus cunntas staid airson gach làraich, a’ comasachadh inntreadh furasta gu iomadh seata dàta airson gun tèid co-dùnaidhean riaghlaidh fiosraichte a dhèanamh.


Dualchas Cultarail Neo-bheanailteach

Chan eil Gàidhlig shònraichte Hiortach air a bruidhinn a-nis, ach tha a’ Ghàidhlig fhèin air a cleachdadh air feadh nan Eilean Siar, ged a thathar mothachail gu bheil i ann an suidheachadh cugallach.¹⁵ Ge b’ e càit a bheil sin buntainneach, bidh a’ Ghàidhlig air a cleachdadh ann am mìneachadh agus ann am follaiseachd airson daoine a chuideachadh gu eòlas fhaotainn air an àite agus air beatha an luchd-còmhnaidh. Tha na clàraidhean eachdraidheil à Hiort de dh’òrain agus de chòmhradh nan goireas a chuireas gu mòr ri eòlas mun eilean, agus bu chòir dhaibh sin a bhith air an sgaoileadh nas fharsaing. Aithnichidh Poileasaidh Gàidhlig an Urrais (ri fhoillseachadh ann an 2022) prìomh àite a’ chànain ann am fèin-aithne cultarail agus bidh stiùireadh ann air cleachdadh iomchaidh. Bidh obair chompàirteachail cudromach gus cuid de dhualchas neo-bheanailteach Hiort a lìbhrigeadh.

Tha a’ chlachaireachd agus cuid dhe na togalaichean, mar na cleitean, a tha ann a’ Hiort nam fianais fhaicsinnich de sgilean agus de thraidiseanan na coimhearsnachd, a chaidh a dhealbhadh ann an dòigh gun shamhail le geòlas, dreach-tìre agus daoine. Feuchaidh sinn ris an dòigh shònraichte sin air rudan a chur an cèill a ghleidheadh tro ar tuigse agus ar n-eòlas air Hiort, agus tro leasachadh agus dìon sgilean ciùird traidiseanta.

14 Cùmhnant Burra: Cùmhnant Astràilia ICOMOS son Àitichean le Cudrom Cultarail, 2013

15 Dualchas Do Dhaoine (Heritage for People), Ro-innleachd Dualchais Stèidhichte air Àite, Innse Gall, 2021–2031



Dualchas togte

A thaobh amasan a' phlana seo, tha dualchas togte a' ciallachadh togalach sam bith le mullach air a thathar fhathast a' cleachdadh an-diugh, cho math strcutaran a chaidh a thogail an dèidh 1930 structures. Canar arc-eolàs ris a' chòrr dhe na togalaichean gun cheann no a tha nan tobhtaichean.

Chaidh grunn thogalaichean, mar an Eaglais, am Mansa, an Stòr, Taigh a' Bhàillidh agus sia taighean air Hiort a chàradh agus a leasachadh thar nan 63 bliadhna a tha iad air a bhith an seilbh an Urrais airson àitichean-fuirich agus seirbheisean taic, agus cuideachd airson gum maireadh prìomh thogalaichean. Tha na togalaichean sin uile Taobh a-staigh Carragh Clàraichte Bàgh a' Bhaile, agus mar sin, fo dhion reachdail. Ach buinidh a' mhòr-chuid de stuth-togail nan togalaichean a thathar a' cleachdadh an-diugh dhan linn an dèidh 1930 agus chan eil iad mar sin cho cudromach a thaobh a' chultair. Bu chòir obair sam bith a thèid



a dhèanamh air na togalaichean freagairt air an stuth-thogail thùsail agus air an t-suidheachadh san fharsaingeachd a thaobh an dreach-tìre. Cha ghabh sinn gnothach ri càil mura feumar, agus feuchaidh sinn ris nas urrainn dhuinn a chumail dhen stuth-thogail thùsail, suidheachadh air shuidheachadh. Tha suidheachadh Stòr nan Itean air cladach Bàgh a' Bhaile a' ciallachadh gu bheil i buailteach do bhleith cladaich agus milleadh le stoirmen. A thaobh seo, agus togalaichean eile, leanaidh sinn oirnn a' cumail sùil air an staid aca agus air a' chunnart sa bheil iad, agus gabhaidh sinn ceumannan a thaobh atharrachadh agus leasachadh far am bi feum air. Mus tèid obair sam bith a dhèanamh, thèid sgrùdadh a dhèanamh air cudrom, a rèir sgrùdaidhean nan togalaichean eachdraidheil. Tha dìon cladaich nam basgaidean gabion air tòiseachadh a' dìobradh – thèid beachdachadh air an seo taobh a-staigh a' chiad dhà no trì bhliadhnaichean dhen phlana seo.

Arc-eòlas

Tha arc-eòlas ann a' Hiort a' gabhail a-steach an dà rud gu h-àrd, agus feartan air an talamh agus fon talamh air na h-eileanan gu lèir, cho math ris an fhianais a fhuaradh bho chladhach, mar fuigheall nithean, nithean bith-eòlachail agus sampail ùire. Leanaidh sinn oirnn a' cumail sùil air staid an làraich, bleith cladaich cuideachd, agus cruinnichidh sinn barrachd fiosrachaidh air cunnartan agus pròiseasan atharrachaidh.

Chaidh grunn sgrùdaidhean is cladhach a dhèanamh anmoch san 20mh agus tràth san 21mh linn. Ged a tha a' mhòr-chuid dhen seo air fhoillseachadh, 's e fòcas a' phlana seo tuigse nas fheàrr fhaotainn air cultar stuthach Hiort le fiosrachadh a tharraing còmhla mu mhòran chruinnichidhean is fuigheall stuthan. Thèid beachdachadh cuideachd air cleachdadh eachdraidheil Bàgh a' Bhail cuide ri cuspairean a thèid a chomharrachadh san ro-innleachd rannsachaidh arc-eòlachail.

Cruinnichidhean

Tha cruinneachadh farsaing de sgrìobhainnean agus de dh'ìomhaighean aig an Urras co-cheangailte ri Hiort, agus cuideachd grunn nithean a fhuaradh ann an cladhach arc-eòlachail. Tha cuid dhe na rudan sa chruinneachadh air iasad ann an taighean-tasgaidh eile; tha cuid eile aig an Urras, cuid dhiubh air an stòradh agus cuid eile ann an taisbeanadh san taigh-tasgaidh bheag ann a' Hiort. Ach cha bhuin a' mhòr-chuid dhiubh idir dhan Urras; 's ann a tha iad ann an cruinnichidhean prìobhaideach is eile. Tha sgeulachdan cudromach anns na cruinnichidhean mun dòigh-beatha ann a' Hiort, am beachd a bh' aig an t-saoghal a-muigh air na Hiortaich, agus mar a bha iad a' tighinn beò bho latha gu latha. Mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd co-cheangailte ri arc-eòlas, bheireadh mòr-shealladh de chruinneachadh nan stuthan, agus an ceagal ri ìomhaighean is sgrìobhainnean, dealbh nas soilleire dhuinn air Hiort agus sgeulachdan eile rin innse.

Amas 2.1	Thèid cudrom cultarail Hiort a ghleidheadh agus a mhineachadh tro mhodh-obrach roghnach, sònail a thaobh glèidhteachas nan togalaichean is nan structaran.
Amas 2.2	Thèid dearbhteachd agus iomlanachd dreact-tìre cultarail Làrach Dualchas na Hiort a dhìon. Bheirear air falbh togalaichean ùra agus bun-structar air nach eil feum tuilleadh no nach eil uabhasach cudromach. A' gearradh sìos agus a' lùghdachadh obair ùr-nodha.
Amas 2.3	Thèid cruinnichidhean agus stuthan a chomharrachadh, an aire a thoirt orra agus an cleachdadh airson sgeulachd innse mu Hiort.
Amas 2.4	Thèid fuasgladh fàd-ùineach a chur an gnìomh a thaobh dìon cladaich.
Amas 2.5	Thèid cleachdadh agus mineachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.



An dèidh uisge mòr
© NTS

Buil 3

Thèid dùbhlain chruinneil (mar atharrachadh na gnàth-shìde) agus cunnartan eile do Hiort a chomharrachadh, agus cuirear ceumannan an gnìomh airson leasachadh agus atharrachadh.

Mar a chaidh ainmeachadh ann an earrann 4.1.1, tha atharrachadh na gnàth-shìde na chunnart gu math mòr dhan Luach Shònraichte Chruinneil aig Làrach Dualchas na Cruinne Hiort. Chaidh èiginn gnàth-shìde a ghairm le Riaghaltas na h-Alba anns a' Chèitean 2019,¹⁶ agus tha an t-Urras mothachail gu bheil feum air gnìomhachd èiginneach gus freagairt air, agus leasachadh a dhèanamh, buaidh atharrachadh na gnàth-shìde ann a' Hiort. Ged nach eil Hiort air a dhìon bho na cunnartan sin, tha an t-Urras airson seasamhachd a mheudachadh tro bhith a' gabhail cheumannan freagarrach, agus le bhith ag ath-sgrùdadh nan obraichean againn fhèin airson buaidh san àm ri teachd a lùghdachadh. Cleachdaidh sinn cuideachd ar tuigse air gach buaidh air Hiort gus dùbhlain a thoirt do dh'obair dhaoine eile, agus taic a thoirt do dh'oidhirpean nas motha gus buaidh atharrachadh na gnàth-shìde a leasachadh.

Tha an t-Urras a' co-òrdanachadh prògram farsaing de mhonatoradh agus de rannsachadh ann a' Hiort, (me, àireamh eòin-mhara, staid àrainn agus bleith cladaich), a tha a' toirt taic dhan tuigse againn air atharrachadh na gnàth-shìde agus a tha a' leigeil leinn a' bhuaidh aige a chur an cèill. 'S e am prìomhachas dhan Urras sa chiad bhliadhna dhen phlana riaghlaidh seo (ro 2023) dàta a th' ann mar-thà a chur còmhla agus measadh farsaing a dhèanamh air cunnart atharrachadh na gnàth-shìde

16 www.gov.scot/publications/global-climate-emergency-scotlands-response-climate-change-secretary-roseanna-cunninghams-statement/

tro Indeacs So-leòntachd na Gnàth-shìde (CVI).¹⁷ Nuair a chuirear crìoch air a' CVI, bidh tuigse gu math nas soilleire aig an Urras air na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann, agus bidh e air chomas dhuinn amasan obrachaidh nas mionaidiche a stèidheachadh a leigeas leinn coimhead ris na prìomh rointean a leanas fhad 's a mhaireas am plana riaghlaidh seo:

Freagrachadh: Le bhith a' tuigsinn agus a' cur an gnìomh nan ceumannan as urrainn dhuinn a ghabhail airson freagrachadh ri atharrachadh na gnàth-shìde, nì sinn Làrach Dualchas na Cruinne nas seasmhaiche. Dh'fhaodadh gum biodh seo a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh air a' mhodh-obrach againn a thaobh riaghladh agus eadar-theachd co-cheangailte ri pàirt de dhualchas chultarail agus nàdarra nan eilean.

Leasachadh agus ath-sgrùdadh air ar n-obair fhèin: Stèidhichidh sinn tuigse shoilleir air buaidh agus seasmhachd ar n-obair fhèin, a' suidheachadh cheumannan is thargaidean airson a' bhuaidh againn a lùghdachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil na tha sinn a' dèanamh cho seasmhach 's a ghabhas.

A' gabhail pàirt agus a' toirt dùbhlann do chàch: Tha an t-Urras mothachail gu bheil cunnartan bho atharrachadh na gnàth-shìde gu mòr air sgàth chleachdaidhean taobh a-muigh Làrach Dualchas na Cruinne agus nach eil smachd againn orra. Tha inbhe Hiort mar an aon Làrach Dualchas na Cruinne san RA le inbhe dhùbailte, agus an sgeulachd mhìorbhaileach aige a thaobh a bhith 'beò air an iomall' a' tabhann fìor chothroman airson daoine eile pàirt a ghabhail còmhla rinn. Tha comas ann buaidh a thoirt, agus tagradh a dhèanamh airson leasachadh le feadhainn eile, a thuilleadh air dùbhlann a thoirt do chleachdaidhean neo-sheasmhach, atharrachadh deimhinneach a choileanadh do Hiort agus nas fhaide air falbh – dh'fhaodaist seo a choileanadh tro lìbhrigeadh ro-innleachd ùr-ghnàthach conaltraidh. 'S e an tuigse a gheibhear tron phròiseas CVI a' bhun-stèidh air am faodar conaltradh mar sin a stèidheachadh. Nì an t-Urras co-obrachadh cuide ri prìomh chom-pàirtichean agus feadhainn eile (nam measg Buidheann Atharrachadh na Gnàth-shìde sna h-Eileanan an Iar) gus seo a choileanadh.

Amas 3.1

Amas airson freagrachadh agus leasachadh atharrachadh na gnàth-shìde a chur an gnìomh, stèidhichte air buil measadh Indeacs So-leòntachd na Gnàth-shìde (CVI).

Buil 4

Inntreadh nas fheàrr airson Hiort ann an dòigh sheasmhach agus barrachd chothoman do bharrachd dhaoine Làrach Dualchas na Cruinne fhiosrachadh, a chudrom a thuigsinn agus taic a thoirt dhan dìon aige.

Le Hiort fhiosrachadh, tha thu a' fiosrachadh dreach-tìre cultarail cho iomallach agus cho sònraichte ri gin air an t-saoghal. Do mhòran dhen luchd-tadhail, tha am faireachdainn air àite a th' ann a' Hiort a' beothachadh faireachdainn làidir annta fhèin, a tha glè thrì a' nochdadh faireachdainn air call agus falamhachadh. Tha na h-eileanan air 'liosta na bucaid' aig mòran. 'S e ar n-amas gur e cuairt ionnsachaidh bheairteach, dhomhainn nach dìochuimhnich iad gu bràth, a bhios ann a' Hiort dhan h-uile neach-tadhail. Bheir sinn piseach air cuairt an neach-tadhail dhan eilean, a' dèanamh cinnteach gu bheil e bonntaichte air mìneachadh agus bun-struktur air leth, agus gum bi an luchd-obrach eòlach. Bheir sinn

¹⁷ Tha Indeacs So-leòntachd na Gnàth-shìde (CVI) na mhodh measaidh luath air measadh a dhèanamh air buaidh atharrachadh na gnàth-shìde air Làrach Dhualchas na Cruinne agus daingnichte le UNESCO, ICOMOS agus IUCN. Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba (HES) a' cur taic ri CVI a chrìochnachadh airson gach Làrach Dualchas na Cruinne ro 2023.



Air turas bàta
© NTS

cuideachd air adhart dòighean a bheir piseach air an 'tadhal' do dh'fheadhainn nach eil air chomas, no nach eil airson, siubhal a Hiort. Nì sinn seo tro fhiosrachaidhean didseatach agus for-ruigheachd cuide ri coimhearsnachdan is buidhnean a tha airson sgeulachd Hiort innse, gu h-àraidh coimhearsnachdan sna h-Eileanan an Iar a tha an sàs ann am pròiseact Slighe Hiort.¹⁸ Tha cothroman aig luchd-tadhail pàirt a ghabhail ann am fiosrachaidhean ùghdarrail (me, tro chleachdadh chruinnichidhean, stuth eachdraidheil agus a' Ghàidhlig) gus gum bi ùidh aig daoine ann a' Hiort agus cùm iad taic ris fada an dèidh dhaibh tadhal, agus gum bi iad nam bun-stèidh airson glèidhteachas a leanas anns na h-eileanan.

Ach ge-tà, 's e eilean beag a th' ann a' Hiort le stòran a theirigeas. Dh'fhaodadh àireamh mhòr de luchd-tadhail, (gu h-àraidh ann an ùine ghoirid) buaidh a thoirt air an làrach ann an iomadh dòigh: bleith, cleachdadh stòran nach eil pailt, mar uisge, barrachd cunnairt gun toirear a-steach gnìthean ùra, ionnsaigheil, agus cuideachd atharrachadh ann am faireachdainn an àite agus ann an tlachd an luchd-tadhail. Tha àireamh an luchd-tadhail dha na h-Eileanan an Iar air a dhol suas gu mòr anns na bliadhnaichean mu dheireadh,¹⁹ rud a tha cuideachd a' toirt buaidh air àireamh an luchd-tadhail ann a' Hiort. Thòisich an àireamh a' dol suas gu mòr bho 2005, nuair a thòisich cuairtean latha, agus cuideachd le barrachd shoithichean-turais a' tadhal. Bho 2015 (ach a-mhàin 2020) b' e 5,112 àireamh chuibheasach an luchd-tadhail gach bliadhna; ach chan eil an seusan a' ruith ach bho mheadhan a' Ghiblein gu meadhan na Sultain, leis a' mhòr-chuid de luchd-tadhail (sa chuibheas 58%) a' tighinn sa Chèitean agus san Ògmhios. Tha pàirt chudromach aig an t-side ann an àireamh an luchd-tadhail, le droch mhuir a' ciallachadh iomadh turas ga chur dheth. Tha bàtaichean latha a Hiort à Leodhas, na Hearadh agus às an Eilean Sgitheanach cudromach dhan eaconamaidh ionadail, chan ann a-mhàin a' toirt obair dhìreach do dhaoine, ach cuideachd a' cumail taic ri àitichean-fuirich agus aoigheachd air feadh nan Eileanan an Iar. Bidh bàtaichean chùrsaichean-mara a' tadhal mar phàirt dhen turas aca mun cuairt na RA no dhen Atlantaig a Tuath, agus a dh' aindeoin buaidh mòr-ghalar COVID-19, tha an gnìomhachas fhathast dhen bheachd gu bheil e a' dol a dh' fhàs.²⁰ Bidh an luchd-tadhail gu lèir a' tighinn air tìr aig an laimrig bhig ann am Bàgh a' Bhaile, Hiort.

18 'S e moladh a th' ann an Slighe Hiort grunn phròiseactan a leasachadh thar Innse Gall gus fiosrachadh mu Hiort a thoirt do luchd-tadhail.

19 Chlàr VisitScotland meudachadh faisg air 16% ann an luchd-tadhail airson cur-seachad ann an 5 bliadhna: bho 128,316 ann an 2013 gu 148,641 ann an 2017.

20 Cruise Tourism in Scotland: Review and Sustainable Development Opportunities, VisitScotland, Dàmhair 2020



San dealbh clì gu deas: Rannsachadh air Caoraich Shòdhaigh; a' coinneachadh luchd-tadhail; Ionad-seallaidh
© NTS

Ged a tha Làrach Dhualchas na Cruinne air feadh an t-saoghail air trioblaidean aithneachadh a thaobh cus turasachd, 's e glè bheag a fhuair fuasgladh. Air sgàth nam bacaidhean co-cheangailte ris an t-suidheachadh agus an t-sìde ann a' Hiort, chan eil sinn air coinneachadh ri mòran dhe na duilgheadasan a tha gu tric co-cheangailte ri cus turasachd aig an ìre luchd-tadhail a tha ann an-dràsta. Tha sinn mar sin ann an suidheachadh math airson a bhith ro-ghnìomhach sa mhodh-obrach againn a thaobh an duilgheadais seo a dh'fhaodadh nochdadh, airson gum bi e seasmhach do luchd-tadhail san àm ri teachd. Thar nan deich bliadhna a tha romhainn, bidh sinn ag obair gus droch bhuaidhean a lùghdachadh agus na buannachdan aig turasachd sheasmhach a bhrosnachadh, a' riaghladh Hiort mar eisimpleir de thurasachd sheasmhach. Tha an t-Urras mothachail gu bheil co-obrachadh bunaiteach agus obraichidh sinn cuide ri prìomh chompàirtichean gus ro-innleachd turasachd sheasmhach a libhrigeadh. Tha Hiort cuideachd mar phàirt de Shlighe UNESCO Alba, a tha ag aonadh làraich le comharrachadh UNESCO ri làraich a tha a' brosnachadh an dà chuid turasachd sheasmhach agus luachan UNESCO.

Amas 4.1 Ar n-eòlas agus ar tuigse air Hiort a cho-roinn airson gum bi cuairt air leth aig luchd-tadhail agus gum bi cothroman ann do dhaoine tuigse fhaotainn air Làrach Dualchas na Cruinne agus cùram a ghabhail dheth.

Amas 4.2 Cothroman eile a thoirt do dhaoine air Hiort fhiosrachadh dhaibh fhèin, tro bhith a' leasachadh mìneachadh agus for-ruigheachd air-loidhne.

Amas 4.3 Ro-innleachd a leasachadh agus a chur an gnìomh airson turasachd sheasmhach.

Amas 4.4 Piseach a thoirt air na goireasan airson a dhol air tìr agus na goireasan fàilteachaidh aig a' chidhe airson gum bi inntreadh freagarrach aig luchd-tadhail chun an aon Làrach Dualchas na Cruinne le inbhe dhùbailte san RA.



Buil 5

Barrachd chothroman airson rannsachadh agus co-roinn eòlais, agus rannsachadh a chleachdadh mar bhunait airson riaghladh agus eadar-mhìneachadh Làrach Dualchas na Cruinne

Tha dualchas cultarail agus nàdarra Hiort cudromach aig ìre chruinneil. Tha ùidh mhòr ann an saidheans nan cuantan 's na gnàth-shìde, agus tha Hiort fìor mhath a thaobh cothroman rannsachaidh. Bhon a tha am muir an ìre mhath glan agus an siostam poilitigeach stèidheil, tha e na roghainn tarraingeach. Thèid toradh rannsachaidh a chleachdadh mar stèidh airson riaghladh, agus cuideachd airson tuigse a' phobail a chur am meud agus gum faighear tlachd à Làrach Dualchas na Cruinne, agus mar thoradh air an sin, barrachd taic do ghlèidhteachas gu h-ionadail agus gu h-eadar-nàiseanta. A bharrachd air monatoradh agus rannsachadh an Urrais fhèin, bidh sinn cuideachd a' co-obrachadh cuide ri compàirtichean. Dh'fhaodadh goireasan rannsachaidh ann a' Hiort barrachd chothroman rannsachaidh a thoirt dhuinn, agus bheireadh iad cuideachd dhuinn teachd-a-steach.

Mar a chaidh ainmeachadh ann an earrann 4.2.1, airson a bhith cinnteach gum bi rannsachadh san àm ri teachd iomchaidh, agus gun toir e cothrom air prìomhachasadh amasan, chaidh Stiùireadh Rannsachadh mu Hiort a leasachadh fhad 's a bhathar ag ullachadh a' phlana riaghlaidh seo. Cleachdaidh an t-Urras an stiùireadh seo airson co-dhùnadh an gabh iad os làimh, an toir iad coimisean no an co-obrachadh iad ann an rannsachadh co-cheangailte ri Làrach Dualchas na Cruinne Hiort. Gheibhear an stiùireadh ann an Appendix 4. Cuideachd, rè àm a' phlana seo, leasaichidh an t-Urras ro-innleachd airson topaigean agus prìomhachasan rannsachaidh a chomharrachadh. Coileanar seo tro cho-chomhairleachadh agus tro cho-obrachadh, agus le bhith a' tarraing air ro-innleachdan stèidhichte (me, Frèam-obrach Rannsachadh Arc-eòlachail na h-Alba, ro-innleachd saidheans muireil na RA agus Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba

Amas 5.1	Thèid toradh a' phrògram clàradh monatoraidh againn a cho-roinn cuide ri sgeamaichean clàraidh nàiseanta.
Amas 5.2	Cuiridh luchd-rannsachaidh ris an eadar-mhìneachadh agus cuidicheadh iad ga lìbhrigeadh dhan luchd-tadhail.
Amas 5.3	Bidh e comasach barrachd rannsachaidh a dhèanamh a bheir taic dhan tuigse againn air Làrach Dualchas na Cruinne, a rèir Stiùireadh Rannsachadh Hiort.
Amas 5.4	Thèid ro-innleachd rannsachaidh a leasachadh gus prìomh raointean rannsachaidh a chomharrachadh agus ceangalan a stèidheachadh a chuidicheas gan lìbhrigeadh.

Buil 6

Riaghladh nan eilean ann an dòigh fhosgailte, cho-obrachail bonntaichte air cleachdaidhean seasmhach a choileanadh gu h-èifeachdach

Cha tèid dìon Hiort, agus na buannachdan dhan choimhearsnachd ionadail agus dhan t-saoghal fharsaing a tha co-cheangailte ris a choileanadh nas lugha na bhios e air a dheagh riaghladh leis an stiùireadh ro-innleachdail agus na goireasan a tha rim faotainn. Faodaidh riaghladh Hiort a bhith gu math toinnte, chan ann a-mhàin air sgàth iomallachd agus an duilgheadas faighinn ann, ach cuideachd air sgàth a liuthad comharrachadh reachdail a th' ann agus prìomhachasan a dh'fhaodadh a bhith a' strì ri chèile. Tha riaghladh èifeachdach cudromach, chan ann a-mhàin dhan Urras, ach cuideachd do mhòran eile, nam measg riaghaltasan na RA agus Alba, prìomh chom-pàirtichean (HES, NS, agus MoD agus na riochdairean aca, agus CnES), a' choimhearsnachd eadar-nàiseanta a tha air a riochdachadh ann an UNESCO, agus a' choimhearsnachd ionadail le mòran aig a bheil ceanglaichean làidir, eachdraidheil ri Hiort agus a tha a' faighinn beòshlaint às. Bidh libhrigeadh a' phlana riaghlaidh seo an urra ris an Urras, ach airson an raon ùghdarrais farsaing aige a libhrigeadh, bidh feum air obrachadh cuide ris an luchd-ùidhe gu lèir – leanaidh sinn oirnn a' neartachadh agus a' leasachadh nan ceangalan sin. Thèid seo a choileanadh tro na Buidhnean Riaghlaidh Ro-innleachdail agus Obrachaidh, tro aontan foirmeil cuide ri luchd-ùidhe agus tro thuigse neo-fhoirmeil cuide ri prìomh luchd-taic eile.


Tha riaghladh èifeachdach a' cur feum air goireasan. Gus amasan a' phlana riaghlaidh seo a choileanadh, feumaidh fòcas a bhith againn air tèarainteachd agus seasmhachd maoineachaidh tro bhith a' comharrachadh prìomh chom-pàirteasan, teachd-a-steach à barrachd àitichean, (me, tro bhith a' comharrachadh prìomh chom-pàirteachasan, barrachd dhòighean air teachd-a-steach fhaotainn (me, deagh-euchdachd, taic-airgid, turasachd agus teachd-a-steach bho mhàl agus bho choimears) agus a' cur am meud na teachd-a-steach a th' againn mar-thà – agus mar sin a' lùghdachadh na tha sinn a' tarraing à Maoin Coitcheann an Urrais (GIF). Bheir seasmhachd maoineachaidh taic do luchd-obrach agus dha na goireasan a dh' fheumar airson na h-amasan glèidhteachais, amasan rannsachaidh agus tlachd an luchd-tadhail a choileanadh. Airson na h-amasan glèidhteachais, ionnsachadh agus tlachd an luchd-tadhail a choileanadh, tha feum air barrachd àitichean-fuirich ann a' Hiort. Ghabhadh seo a dhèanamh le àitichean ùra a thogail no tro leasachadh air togalaichean a th' ann mar-thà, ach cha toir e air falbh bho iomlanachd no bho ùghdarrachd an dreach-tìre chultarail. Cha choileanar seasmhachd maoineachaidh gun sheasmhachd shòisealta agus àrainneachdail; bidh a h-uile co-dhùnadh riaghlaidh mu Hiort mothachail air an seo.

Amas 6.1 A bhith nas tèarainte a thaobh maoin, a' dèanamh cinnteach gum bi teachd-a-steach a' toirt taic dhan phrìomh obair againn, le bhith a' comharrachadh agus a' dèanamh feum dhen teachd-a-steach againn.

Amas 6.2 Àitichean-fuirich agus goireasan a bharrachd a leasachadh airson taic a chumail ri rannsachadh, glèidhteachas agus tlachd an luchd-tadhail.


Amas 6.3 Coimhead ris na cothroman a th' ann buannachd fhaotainn bho mhargaidhean carbon cruinneil agus pàigheadh airson riaghladh àrainnean air muir agus tìr.

Amas 6.4 Co-obrachadh cuide ri luchd-ùidhe airson Plana Riaghlaidh Làrach Dualcha na Cruinne Hiort a libhrigeadh.



Dealbh gu h-àrd: Bathar a' tighinn;
Gu h-ìosal: A' peantadh Taigh a' Bhàillidh
© NTS

A' comharrachadh Dualchas Cruinneil
© HES



Appendices

Appendix 1

Iomradh air Luach Sònraichte Cruinneil

55

Appendix 2

Sgrùdadh air Plana Riaghlaidh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort a bh' ann roimhe

59

Appendix 3

Cùl fhiosrachadh

67

Appendix 4

Stiùireadh Rannsachadh air Hiort

70

Appendix 5

Maps

73

Appendix 1

Iomradh air Luach Sònraichte Cruinneil

Air gabhail ris le Comataidh Dualchas na Cruinne, 37mh seisean, Phnom Penh, Cambodia, Ògmhios 2013

1.0 Co-chur goirid

Tha eileanan beaga Hiort, a tha nan laighe far taobh an iar tìr-mòr na h-Alba, iongantach fhèin. Chaidh an cruthachadh bho oir seann bholcàno a bha co-cheangailte ri fosgladh an Atlantaig a Tuath o chionn 's dòcha 65–52 millean bliadhna. Tha an dreach-tìre iongantach le bearraidhean mòra, biorach – cuid dhe na bearraidhean mara as àirde san Roinn Eòrpa – agus na stacan mara a' toirt dhuinn aghaidhean dubha, cunnartach a tha a' tuiteam sìos bho leòidean feòir cas, gorm a tha còrr is 375 m a dh'àirde. Saoilidh tu gu bheil gach eileamaid bheartagail – ach a-mhàin sgìre chòmhnard Bàgh a' Bhaile ann a' Hiort agus an dreach-tìre àrsaidh, eachdraidheil aige. Le bhith fosgailte dha na tuinn as àirde san Roinn Eòrpa, agus na gaothan as motha, tha buaidh mhòr aig an sin ann a bhith a' dealbhadh eag-eòlas cladaichean nan eilean.

Le faisg air millean eun-mara nuair a tha àm gintinn ann, tha Hiort a' cumail taic ris a' chòlainidh as motha de dh'eòin-mhara ann an ceann an ear-thuath an Atlantaig. Tha a mheud agus iomadachd cudromach aig ìre na cruinne agus tha e a' ciallachadh gu bheil e na thèarmann eòin-mhara a tha gun choimeas san Roinn Eòrpa. Tha àireamh mhòr nan eun, ann an àite a tha an ìre mhath beag, agus le diofar àrainnean beaga, fillte eag-eòlais agus mathas na mara mun cuairt, a' dèanamh Hiort na àite sònraichte. Gu h-àraidh cudromach tha an sùlaire tuathach (*Morus bassanus*), buthaid an Atlantaig (*Fratrula arctica*) agus am fulmaire tuathach (*Fulmarus glacialis*). Tha coltas fuaim nan eun sin a' cur gu mòr ri sealladh agus faireachdainn an àite aig àm gintinn. Dh'adhbhraich iomallachd nan eilean eisimpleirean mìorbhaileach de thuineachadh eag-eòlasach eileanan iomallach, agus atharrachadh gineadail an dèidh sin san dà fho-ghnè sna h-eileanan: dreathan-donn Hiort.

Tha caoraich fhiadhaich Shòdhaigh, a tha cho bitheanta san àite, a' riochdachadh seann ghnè, a tha nan sliochd do na caoraich dhachaigheil, phrìomhadail san Roinn Eòrpa. Tha iad nan teisteanas bheò air cho fada 's a tha daoine air a bhith ann a' Hiort agus, a bharrachd air a sin, dh'fhaodadh iad a bhith cudromach mar stòras gintinneil. Tha buaidh a' chuain (sruthan domhainn na mara ri aomadh na mòr-thìre, fosgailte do thuinn mhòra agus bonn mòr sa chuan, uisge air leth soilleir) agus an geòlas timcheall nan eilean air àrainneachd mhara a chruthachadh a tha gun choimeas ann am beairteas is ann an dath. Tha na coimhearsnachdan air grunn na mara sònraichte a thaobh bith-iomadachd agus mar a tha iad air an cur ri chèile, le gnèithean 'tuathach' agus 'deasach' air na h-iomaill. Tha aghaidhean nan creagan fon uisge làn le beatha na mara – measgachadh dhathan is chruthan a tha bonn an Atlantaig a' cumail air ghluasad gun stad. Tha iad nan àite air leth àlainn fon uisge. Tha fillteachd eag-eòlais sa mhuir riatanach do bhith-iomadachd na mara agus na tìre.

Thar dreach-tìre nàdarra, iongantach, agus a' cur ris uile, tha cultar beairteach a tha na fhianais air daoine a bhith ann o chionn nam mìltean bhliadhnaichean. A rèir rannsachadh o chionn ghoirid, tha coltas gun robh daoine a' fuireach air na h-eileanan an-dràsta 's a-rithist o chionn 4000 bliadhna. Tha an dreach-tìre – a tha cuideachd a' gabhail a-steach nan taighean, na pàircean mòra agus na cleitean, (structaran cloiche airson stòradh a gheibhear nan ceudan air feadh nan eilean agus nan stacan) – a' tighinn gu àirde le fuigheall dreach-tìre cultarail an naoidheamh linn deug agus an fhicheadamh linn ann am Bàgh a' Bhaile. Tha faid na h-ùine, glèidhteachas agus iomlanachd nan structaran fiosaigeach nan ceangal làidir, cumhachdach ri eachdraidh nan eilean, ri daoine agus an dòigh-beatha – bith-beò sònraichte, a thàinig am bàrr ri linn mar a dhèilig na Hiortaich ri suidheachadh fiosaigeach an eilein.

Tha na h-eileanan nan eisimpleir sònraichte, le fianais sgrìobhte, air mar a chaidh aig daoine air a bhith beò fad mhiltean bhliadhnaichean, air eilean stoirmeil, iomallach le bhith a' cleachdadh ghoireasan nàdarra agus àiteachas. Tha iad nam fianais fhiosaigeach air dualchas a tha a-nis air a dhol à bith, agus 's e sin mar a bha iad an urra ri bathar eòin-mhara airson am bith-beò agus am bìdh, còmhla ri tuathanachas bith-beò. Chan eil teagamh nach eil an seann dualchas sin, agus an cleachdadh-fearainn, a thug buaidh air dreach na tìre, air cur ri càileachd an àite.

Tha Hiort a' riochdachadh eaconamaidhean bith-beò sa h-uile h-àite – beò air math an fhearainn agus na mara, agus gan atharrachadh thar ùine, gus an do dh'adhbhraich cuideam on taobh a-muigh crìonadh, agus, ann an 1930, falamhachadh nan eilean. Tha eachdraidh dhrùidhteach nan eilean, agus an dreach-tìre sònraichte a th' annta, cuide ri dualchas agus bòidhchead nàdarra a tha mìorbhaileach fhèin, gun luaidh air iomallachd, gar fàgail le iongnadh mu nàdar agus mu na daoine a chleachd a bhith a' fuireach san àite iongantach seo.

2.0 Slatan-tomhais a' chomharrachaidh

Slat-tomhais (iii): Tha Hiort a' toirt fianais air leth dhuinn de dhaoine a bha beò ann thar dà mhìle bliadhna ann an suidheachadh uabhasach doirbh.

Slat-tomhais (v): Tha dreach-tìre cultarail Hiort na shàr eisimpleir de chleachdadh-fearainn mar thoradh air seòrsa de dh'eaconamaidh bith-beò stèidhichte air bathar eòin, àiteach agus caoraich. Tha an dreach-tìre cultarail a' nochdadh seann dualchas agus cleachdadh-fearainn a tha ann an cunnart atharrachadh, gu h-àraidh bho dh'fhàg na daoine.

Slat-tomhais (vii): Tha seallaidhean Hiort gun shamhail air sgàth tùs bholcànach, agus na dhèidh sin sìde-chaitheamh agus eigheachadh. Chruthaich sin dreach-tìre iongantach nan eilean. Tha bearraidhean eagalach agus stacan mara, agus seallaidhean fon uisge còmhla an seo ann am buidheann a tha gun shamhail.

Slat-tomhais (ix): Tha Hiort gun shamhail a thaobh na th' ann de dh'eòin ann an àite cho beag agus tha na diofar àrainnean bheaga, fhillte eag-eòlais a' toirt buaidh air staid an àite. Tha cuideachd siostam eag-eòlais fillte sna trì sònaichean mara air an làrach agus tha iad riatanach ann a bhith a' cumail suas bith-iomadachd na mara agus na tìre.

Slat-tomhais (x): 'S e Hiort fear dhe na prìomh làraich eòin-mhara san Atlantaig a Tuath agus san Roinn Eòrpa, le còrr is 1,000,000 eun a' cleachdadh an eilein. Tha e gu h-àraidh cudromach airson nan sùlairean, buthaidean agus fulmairean. Tha an talamh-feòir ris a' mhuir agus àrainnean fon uisge cuideachd cudromach, agus tha iad nam prìomh eileamaid ann an suidheachadh an eilein gu lèir. 'S e gnè tearc, inntinneach a th' ann an caoraich fhiadhaich Shòdhaigh agus dh'fhaodadh iad a bhith cudromach mar stòras ginteil.

3.0 Iomlanachd

Annas na h-eileanan tha fuigheall air leth agus air a dheagh ghleidheadh de dhòigh-beatha sònraichte nan eilean, a mhair san àite iomallach seo gun atharrachadh, an dèidh dha na Hiorataich fàgail. Tha sin a' gabhail a-steach an dreach-tìre chultarail mar a bha e. Tha dualchas nàdarra nan eilean mar thoradh air pròiseasan nàdarra cuide ri eachdraidh fhada tuineachadh dhaoine, agus o chionn ghoirid, buaidh dhaoine air an taobh a-muigh. Tha àrainneachd na mara an ìre mhath slàn.

Chuir e gu mòr ri iomlanachd nan eilean a ghleidheadh gun robh stiùbhardachd nan eilean an urra ri Urras Nàiseanta na h-Alba, gun robh na comharrachaidhean reachdail an sàs, gun robh na h-eileanan iomallach, gun robh e doirbh faighinn thuca agus gun robh obair dhaoine an ìre mhath air Hiort a-mhàin.

Ach tha an dà chuid buadhan nàdarra agus cultarail ann an cunnart gu ìre air sgàth fhactaran àrainneachdail ionadail agus fad às, ri linn buaidh dhaoine mar atharrachadh na gnàth-shìde agus turasachd neo-sheasmhach. 'S e an aimsir agus bleith cladaich na prìomh chunnartan dha na taighean falamh, na cleitean agus do fhuigheall arc-eòlachail eile air feadh nan eilean. Dh'fhaodadh leasachaidhean mòr far-thìr a bhith nan cunnart do shuidheachadh glan nan eilean. Tha cunnart mòr ann dhan dualchas chultarail gun tèid gnèithean neo-dhùthchasach, ionnsaigheil a thoirt a-steach gun fhiosta; agus dh'fhaodadh gu bheil an cunnart as motha do dh'iomlanachd àrainneachd na mara bho atharrachaidhean ann an eag-shiostam na mara, gu h-àraidh am planctan, air adhbharachadh le atharrachadh na gnàth-shìde.

Tha dìth dìon làidir air àrainneachd na mara, modhan iasgaich nach eil seasmhach, agus dòrtadh ola, cuideachd nan cunnart dhan mhuir agus dha na h-eòin-mhara. Chan eil togail ùr, ionad an radar no na togalaichean aige a tha co-cheangailte ri obair Ministrealachd Dìon na RA (MOD) ann a' Hiort a' fàgail ach làrach carbon gu math beag, ged a tha fhathast buaidh aca air an dreach-tìre, agus aig an dìon cladaich cuideachd.

4.0 Ùghdarrachd

Tha e na dhùbhlán do ghlèidhteachas an dreach-tìre cultarail cothromachadh a dhèanamh eadar prionnsabal glè bheag eadar-theachd agus an obair glèidhteachas riatanach a tha a dhìth gus nach tèid rudan bho fheum, agus aig an aon àm a' cumail chlàran dhen obair a chaidh a dhèanamh. Ach a-mhàin ann an suidheachadh no dhà, bha seo a' ciallachadh stuthan a bha air tuiteam a chleachdadh le glè bheag de stuthan ùra gan toirt a-steach. Far an robh feum air stuthan ùra a thoirt a-steach, bha iad sin, cho fad 's a ghabhadh, dhen aon seòrsa 's a bh' ann roimhe.

5.0 Feumalachdan riaghlaidh agus dìon

'S e am prìomh reachdas a tha a' dìon nan eilean, agus am muir mun cuairt orra, agus na prìomh bhuadhan aca: Riaghailtean Glèidhteachais (Natural Habitats. & C.) 1994, air atharrachadh; Achd Fiadh-bheatha agus na Dùthcha (Alba) 1981; Achd Leasachadh an Fhearainn 2003; Achd Glèidhteachas Nàdair (Alba) 2004; Achd nan Carraighean Àrsaidh is Sgìrean Arc-eòlais 1979; Achd an Dealbhachaidh etc (Alba) 2006; agus Riaghailtean Buailteachd Àrainneachdail (Alba) 2009. Tha poileasaidh Àrainneachd Eachdraidheil Alba (SHEP) a' nochdadh bun-stiùireadh a' phoileasaidh air dìon agus riaghladh na h-àrainneachd eachdraidheil ann an Alba.

APPENDICES

Appendix 1 - Iomradh air Luach Sònraichte Cruinneil


Tha na h-eileanan agus am muir mun cuairt orra air an dìon le grunn chomharrachaidhean nàiseanta agus eadar-nàiseanta, an dà chuid reachdail agus neo-reachdail. Airson nan luachan nàdarra, tha an t-àite air a chomharrachadh mar Sgìre Shònraichte Glèidhteachais, Sgìre Shònraichte Dion, Làrachadh Sùim Shònraichte Shaidheansail, Sgìre Bòidhchid Nàiseanta, Sgìre Co-chomhairleachaidh na Mara agus Làrach Sgrùdadh Glèidhteachas Geòlachail. Airson nan luachan cultarail, tha cuid de sgìrean Hiort air an comharrachadh mar Charraighean Clàraichte. Tha poileasaidhean ionadail na RA agus Alba, planaichean agus reachdas air cùl nan comharrachaidhean sin.

Buinidh eileanan Hiort do dh'Urras Nàiseanta na h-Alba (NTS), buidheann carthannais, agus 's iad a tha ga riaghladh. Tha an riaghladh air a stiùireadh le Plana Riaghlaidh a tha daingnichte, agus air a chur an gnìomh, leis a' phrìomh luchd-ùidhe.

An-dràsta 's e MOD an aon bhuidheann a tha air na h-eileanan fad na h-ùine, ged NTS agus buidhnean glèidhteachais/luchd-rannsachaidh eile ann airson treis mhath dhen bhliadhna. Bhiodh am modh riaghlaidh a th' ann an-dràsta gu math èiseil nan tàirngadh MOD às, agus tha e cuideachd fo bhuaidh cuingealachaidhean ghoireasan taobh a-staigh NTS.

Thèid riaghladh an dualchais chultarail air adhart air an stèidh nach bi eadar-theachd ann ach nuair a dh'fheumar airson buadhan a chumail suas a rèir Luach Sònraichte Cruinneil an àite, stèidhichte air an sgrùdadh mhionaideach arc-eòlachail a chaidh a dhèanamh o chionn ghoirid air na h-eileanan gu lèir le Coimisean Rìoghail Carraighean Àrsaidh is Eachdraidheil na h-Alba. An-dràsta, chan eil an aon dìon làidir aig àrainneachd na mara 's a th' aig an dualchas air tìr, agus bidh e riatanach gum bi barrachd dìon ann san àm ri teachd. Tha riaghladh an dualchais nàdarra gun eadar-theachd agus leanaidh e mar sin, a' leigeil le pròiseasan nàdarra an obair fhèin a dhèanamh, ach a-mhàin far a bheil feart le barrachd cudrom sònraichte ann an cunnart.

Thathar a' dèiligeadh ri mòran dhe na dùbhlain a tha ro Hiort agus/no NTS agus riaghladh nan eilean – me, an cunnart bho ghnèithean neo-dhùthchasach, ionnsaigheil, turasachd neo-sheasmhach no modhan iasgaich, bleith cladaich, etc – air an làimhseachadh tro bhith ag obair gu dlùth cuide ri luchd-ùidhe iomchaidh, a' gabhail os làimh rannsachadh eagarach agus monitoradh, a' solar goireasan gu leòr agus a' cur an gnìomh Plana Riaghlaidh daingnichte agus aontaichte airson an àite.



Appendix 2

Sgrùdadh air Plana Riaghlaidh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort a bh' ann roimhe

Chuir plana riaghlaidh 2012–17 airson Làrach Dualchas na Cruinne Hiort roimhe 12 amas. Gus na h-amasan sin a choileanadh, chaidh 38 amas agus 128 òrdadh a shuidheachadh agus aontachadh. Bhon a chaidh am plana a leudachadh, tha na leanas na mheasadh air an ìre chun an deach na h-amasan sin a choileanadh suas gu deireadh 2021.

Geàrr-iomradh: Chan eil gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheil fhathast ann a' Hiort; tha sinn air dàta fìor mhath a chruinneachadh air àireamh agus gintinneachd cuid dhe na prìomh ghnèithean de dh'èoin-mhara; tha an dualchad cultarail air a chumail suas gu ìre air leth àrd: chaidh àireamh an luchd-tadhail suas faisg air 60% bho na sia bliadhnaichean roimhe sin; agus chaidh teachd-a-steach suas 18%.

Tha an a leanas a' nochdadh nam prìomh nithean a chaidh a choileanadh fo gach amas a bh' anns a' phlana riaghlaidh roimhe.

Buil 1: Thèid leantainn le gleidheadh feartan sònraichte, eachdraidheil agus feartan nàdarra nan eilean tro mhonatoradh agus gnìomhachd iomchaidh airson an cumail ann an deagh staid

'S e glèidhteachas prìomh fheartan an làraich am prìomh fhòcas aig ro-innleachd riaghlaidh agus aig obair air an eilean. Fhuaradh tuigse nas fheàrr air an làrach tro mhonatoradh agus rannsachadh, agus tha sin a' ciallachadh gun deach an làrach a chumail suas gu inbhe eadar-nàiseanta.

Chaidh an Siosam Fiosrachadh Cruinn-eòlachail airson dualchas cultarail a leasachadh agus dàta a chur ris thar nam bliadhnaichean, airson a bhith na thaic riaghlaidh èifeachdach. Chaidh planaichean obrach bliadhnail a dhèanamh a bha a' còmhach monatoradh, càradh agus cumail suas an dualchais thogte, le taic bho aonta riaghlaidh cuide ri HES. Chaidh Aithrisean Glèidhteachais a dhèanamh airson na h-Eaglais, Taigh na Bana-ghaisgich, Taigh Chaluim Mhòir, Stòr nam Muanaiseans, Gunna a' Chiad Chogaidh agus an Taigh-stòir a dhèanamh airson a bhith nam bunait do chàradh glèidhteachais iomchaidh. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air làraich nam plèan-bhrisidhean; chaidh làraich long-bhrisidhean a chomharrachadh cuideachd agus chaidh an cur ri stòr-dàta nàiseanta.

Chaidh an tasglann a leasachadh tro thabhartasan airgid agus dealbhan, litrichean agus leabhraichean-latha a chaidh a cheannach. Nam measg sin bha leabhar-dhealbhan bhon 20mh linn de thuras a Hiort, agus sgrìobhainnean eile co-cheangailte ri Operation Hardrock ann an 1957, agus leabhar-latha le cunntas air turas a Hiort ann an 1976.

Bha am fòcas aig monatoradh an dualchais nàdarra ann a' Hiort air na coloinidhean de dh'eòin-mhara a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, agus lean an t-Urras air adhart le program a' monatoradh àireamh agus gintinneachd nam prìomh ghnèithean. A thuilleadh air an sin, thog sinn bogsaichean neadachaidh fuadain dha na gealbhan-roc, a tha air tòiseachadh a' sealltainn gu bheil iad soirbheachail. Chaidh na h-eòin-mhara a chunntadh air an eilean gu lèir thairis air trì seusain, a' crìochnachadh ann an 2019. Chaidh sgudal bhon mhuir a thogail gach bliadhna à Bàgh a' Bhaile agus a sgrùdadh a thaobh seòrsa agus tùs.

Chaidh sgrùdaidhean a choimiseanadh air còinnich agus braidheofaitean. Sheall na h-aithisgean gun robh 39 gnè ùr de bhraidheofait ann a' Hiort, nam measg aon ghnè a bha ùr ann an Alba, agus thug sin buaidh air co-dhùnidhean riaghlaidh ann an cuid de sgìrean Bàgh a' Bhaile. Chaidh gnè ùr de bheàrnan-brìde (*Taraxacum pankhurstianum*) a lorg ann an 2012 a tha dùthchasach do Hiort.

Chaidh rannsachadh mionaideach a dhèanamh air luch-fèir Hiort (*Apodemus sylvaticus hirtensis*) agus chaidh fhoillseachadh mar thràchdas PhD: Ecology of an Island Mouse. Chaidh monatoradh a dhèanamh le luchd-obrach gach bliadhna ann a' Hiort air eòin neadachaidh agus eòin-tìre shealach, agus chaidh sgrùdadh a dhèanamh air àitichean nan dreathan donn Hiortach ann am Bàgh a' Bhaile ann an 2016. Bha an rannsachadh cuideachd a' còmhach nan creutairean as lugha air an eilean: chomasaich an t-Urras rannsachadh a thaobh neo-dhruim-altachain, nam measg an tardigrade.

Buil 2: Dìon iomchaidh air Làrach Dualchas Cruinneil na Mara

'S e 24,201ha farsaingeachd iomlan Làrach Dualchas na Cruinne Hiort, agus 's e sgìre na mara 90% dheth. An dèidh tagradh bhon Urras, chaidh ceumannan riaghlaidh a dhealbh dhan Sgìre Shònraichte Glèidhteachais Mara (SAC) agus earrann na mara dhen Sgìre Shònraichte Dìon (SPA) le Riaghaltas na h-Alba agus a chur a-mach gu co-chomhairleachadh.

Chaidh Òrdadh an Iasgaich ri cladach (Bacadh air Iasgach agus Modhan Iasgaich) (Alba) 2015 a chur an gnìomh air 8 Gearran 2016. Chuir seo casg gu tur air cleachdadh uidheamachd iasgaich gluasadach (tràlaich agus pullagan) agus lìn stadaigeach san sgìre gu lèir. Chan eil laghail an-dràsta san sgìre ach clèibh agus iasgach lìn

Tha seallaidhean de mhucan-mara agus de chreutairean eile air am monatoradh gu neo-fhoirmeil rè an t-seusain agus tha an toradh ga chur gu Urras nam Mucan-mara is nan Leumadairean. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh fon uisge air na h-uamhan-mara, feartan riatanach an SAC, le NS ann an 2015.

Buil 3: Gnìomhachd gus cunnartan èiginneach a dh'fhaodadh a bhith ann do phrìomh fheartan a leasachadh gu soirbheachail

B' e fòcas na h-obrach sgrùdadh bun-loidhne mionaideach a dhèanamh air cuid dhe na prìomh fheartan, airson a bhith cinnteach gum biodh clàr ann dhe na feartan nàdarra agus cultarail, ach cuideachd airson sùil a chumail air atharrachadh. Chaidh an cladach ann am Bàgh a' Bhaile a sgrùdadh gu mionaideach mar phàirt de sgrùdadh cladaich gach còig bliadhna gus atharrachadh a chlàradh agus tasgaidhean arc-eòlachail sam bith a chomharrachadh.

Ghabh Scottish Ten os làimh pròiseact còig bliadhna gus Làraich Dhualchas na Cruinne ann an Alba a chlàradh gu didseatach agus gus dàta mionaideach 3D a chruthachadh. B' e eilean Hiort am fòcas aig an sgrùdadh 3D. Thug sgrùdadh LiDAR bhon adhar de dh'eileanan Hiort gu lèir an t-uabhas dàta chomharran-sgòtha agus dealbhan.

Chaidh clàr dhealbhan dhen h-uile structar togte agus dhen làrach arc-eòlais anns na h-eileanan a chrìochnachadh cuideachd, cho math ri sgrùdadh mionaideach de Stòr nan Itean.

Chaidh ath-bhreithneachadh agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' phoileasaidh bith-thèarainteachd gach bliadhna, no an dèidh atharrachadh cudromach. Tha fiosrachadh leasachaidh ann a-nis do ghnèithean mara. Tha an t-Urras a-nis na phrìomh chom-pàirtiche sa phròiseact Biosecurity for LIFE, a tha ag amas air barrachd mothachaidh a thogail mu chùis nan gnèithean neo-dhùthchasach ionnsaigheil, planaichean leasaichte agus freagradh deisealachd a leasachadh.

Bha an co-chomhairleachadh air ath-thogail àitichean-fuirich MoD agus an ionaid-lùtha mion agus farsaing, airson a bhith cinnteach nach biodh prìomh fheartan sam bith ann an cunnart.

Buil 4: Eòlas agus tuigse nas fheàrr air na h-eileanan agus na feartan cultarail agus nàdarra aca

B' e fòcas an amais seo ceangalan a stèidheachadh cuide ri ionadan acadamaigeach, luchd-rannsachaidh agus àitichean eile dhen t-seòrsa, gus ar tuigse air riaghladh Hiort a leasachadh.

Thog an t-Urras air dàimhean a th' ann mar-thà agus stèidhich iad ceangalan ùra ri ionadan rannsachaidh air feadh Alba 's na Roinn Eòrpa. Tha Pròiseact Caoraich Shòdhaigh, air a ruith le luchd-rannsachaidh à Oilthigh Dhùn Èideann agus Colaiste Ìmpireil Lunnainn (cuide ri grunn oilthighean eile agus ionadan rannsachaidh eile a tha a' gabhail pàirt) fhathast a' cruinneachadh fiosrachadh a chomasaich rannsachadh gu tur ùr air topaigean mar daineamaigs àireamhan, mean-fhàs agus eòlas-gintinneachd, aoiseachadh agus galar pharasaitean.

Dh'obraich an t-Urras cuide ris an Ionad son Arc-eòlas, Teicneòlas agus Dualchas Cultarail agus an Sgoil son Cruinn-eòlas is Leasachadh Seasmhach aig Oilthigh Chill Rìmhinn; Roinn Bith-eòlas Mean-fhàsail Oilthigh Dhùn Èideann; Stèisean Lighthouse Oilthigh Obar Dheathain; Field Station; Roinn Arc-eòlais Oilthigh; Institiut James Hutton; agus Comann Saidheans Muireil na h-Alba, cuide ri feadhainn eile, gus grunn thopaigean a rannsachadh a thaobh feartan nàdarra agus cultarail nan eilean.

Gus buannachd fhaotain bho eòlas chàich agus sàr-chleachdadh a cho-roinn, stèidhich an t-Urras ceangalan ri eile air feadh an t-saoghail, nam measg a' cur ri pròiseact tar-nàiseanta PROWAD, air a mhaoineachadh leis an Aonadh Eòrpach tron phrògram Interreg IVB a' Chuain a Tuath, gus rannsachadh a dhèanamh air turasachd sheasmhach, ag obair cuide ri Sgoil Chiùird Dhualchasach Fornverkaskólinn ann an Skagafjörður, Innis Tìle airson sgilean togail traidiseanta a leasachadh, agus a tha a' cur ri Prògram Dualchas Muireil na Cruinne aig UNESCO, airson sàr-chleachdadh a cho-roinn agus comhairle eòlaichean fhaotainn.

Buil 5: Solar nas fheàrr air inntreadh fiosraichte, ciallach agus tlachdmhor, agus inntreadh bhiortail cuideachd

Chuir an t-Urras fòcas air luchd-tadhail a thuigsinn agus turas nas fheàrr a thoirt dhaibh. Chaidh siostam a leasachadh gus àireamh luchd-tadhail agus am modh siubhail aca a chlàradh gu mionaideach. Faodaidh a h-uile neach-tadhail fiosrachadh ùraichte fhaighinn air an làrach-lìn, agus chaidh bileagan ùra a dhèanamh mun àite agus mu na h-eòin. Feumaidh bàtaichean turais bucadh ro-làimh agus bidh iad a' faighinn stiùireadh gus gum faigh an luchd-siubhail a' bhuannachd as motha bhon turas aca. Chaidh stiùireadh sònraichte ullachadh do luchd-sreap agus do luchd-campachaidh. Às an seo, dh'èirich iomadh taisbeanadh ionadail, taisbeanadh ealain eadar-nàiseanta agus ceòl ùr folk air a bhrosnachadh leis na h-eileanan agus an fhiadh-bheatha.

Do dhaoine nach urrainn siubhal dha na h-eileanan, dh'obraich an t-Urras cuide ri compàirtichean ann an Taigh Chearsabhagh, Uibhist a Tuath agus Àros san Eilean Sgitheanach air taisbeanaidhean a' coimhead air beatha ann a' Hiort. Ag obair cuide ri pròiseact Scottish Ten agus Oilthigh Chill Rìmhinn, chaidh dreachan-tìre bhiortail bho eachdraidh agus bhon latha an-diugh, a chruthachadh.



4mh Co-labhairt Manaidsearan Mara Dualchas na Cruinne
© UNESCO/ Daniel Correia

Buil 6: Leasachadh a bharrachd air prògraman foghlaim agus eadar-mhìneachadh a tha a' brosnachadh barrachd tuigse air Hiort agus air riaghladh glèidhteachas seasmhach am measg luchd-tadhail is eile.

Rè àm a' phlana, chaidh cothroman a ghabhail obrachadh cuide ri feadhainn eile air mìneachadh Hiort agus chaidh mar sin grunn phròiseactan soirbheachail a thoirt air adhart agus a libhrigeadh. Thug an t-Urras comhairle, fiosrachadh agus stuthan tasglainn do thaisbeanaidhean ann an Leòdhas, Uibhist a Tuath agus san Eilean Sgitheanach. Chaidh pàirt a ghabhail ann an co-labhairtean air grunn chuspairean, eadar arc-eòlas agus gleidheadh thogalaichean eachdraidheil agus eòin-mhara is riaghladh dualchas cruinneil.

Dh'obraich an t-Urras cuide ri luchd-ùidhe is coimhearsnachdan sna h-Eileanan an Iar gu bhith a' solar barrachd mìneachadh maireannach far an làraich.

Thug compàirteachas soirbheachail eadar NS agus an t-Urras taic do thuras a Hiort do chlann ionadail, a ghabh pàirt cuideachd ann an Còmh-dhail Òigridh UNESCO ann an Greenwich.

Rinn an t-Urras adhartas ann a bhith a' dèanamh an tasglainn aca nas ruigsinniche, tro bhith a' didseatachadh iomhaighean agus sgrìobhainnean, nam measg leabhar-latha Alice NicLachlainn bho 1906–09 is a tha air-loidhne.

Buil 7: Ceangal cunbhalach ri luchd-ùidhe is coimhearsnachdan gus amasan a chèile a thaobh Hiort a thuigsinn agus gus cur ri sàr-chleachdadh Làraich Dhualchas na Cruinne sa h-uile àite.

Tha ùidh aig iomadh duine ann a' Hiort, mar coimhearsnachdan agus gnothachasan anns na h-Eileanan an Iar, sliochd muinntir Hiort, Club Hiort, luchd-tadhail agus coimhearsnachd Dualchas na Cruinne.

Chaidh ceangalan a chumail suas ri solaraichean turasachd tro phost-dealain agus fòn, gus a bhith cinnteach gun robh fiosrachadh mau na h-eilean agus na tha a' dol air a cho-roinn. Bha stuth air-loidhne air ùrachadh gu cunbhalach le fiosrachadh, a' gabhail a-steach fiosrachadh ùr gach seachdain bho na h-eileanan fad an t-seusain. Chaidh òraidean a thoirt do bhuidhnean ionadail air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan agus nas fhaide air falbh, nam measg aithisgean bliadhnail do choinneamh bhliadhnail Club Hiort Club. Tha an t-Urras air a riochdachadh aig coinneamhan cunbhalach Co-òrdanaichean Làraich Dhualchas na Cruinne an Alba. Bha pàirt aig Hiort ann an tachartasan a bha a' comharrachadh an 30mh ceann-bliadhna aig làraich san RA a bhith air Liosta Dualchas na Cruinn, agus bha luchd-obrach on Urras aig co-labhairtean Làraich Mhuireil Dualchas na Cruinne ann an 2016 agus 2019.

Buil 8: Barrachd mothachaidh air luach Hiort air an taobh a-muigh 's a-staigh

Bha sinn airson a bhith cinnteach gun ruigeadh fiosrachadh mu Hiort luchd-amais thall 's a bhos. Thar nan ochd bliadhna dhen phlana, lean ùidh mhòr ann a' Hiort, le còrr is 60 artaigil anns na meadhanan ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta; leabhraichean gam foillseachadh; agallamhan air radio agus telebhisean; agus fiù 's gèam air a bhrosnachadh le dreach-tìre iongantach Bhoraraigh.

Chaidh grunn leabhraichean fhoillseachadh, ficsean agus neo-fhicsean, do dh'inbich agus do dh'òigridh. Dh'fhoillsich HES Hiort: The Last and Outmost Isle ann an 2015, le fiosrachadh ùr arc-eòlachail bhon sgrùdadh fharsaing, cho-obrachail a rinneadh eadar 2007–09 agus chaidh fiosrachadh eachdraidheil ath-sgrùdadh, a' cur an aghaidh ìomhaigh iomallach nan eilean.

Chaidh cunntas Hiort fhosgladh air Twitter ann an 2018 agus air Instagram a' bhliadhna às dèidh sin, agus mòran luchd-leantainn a-nis aig na dhà.

Buil 9: Barrachd seasmhachd àrainneachdail anns gach obair air na h-eileanan

Tha an obair togail gu lèir ann a' Hiort an urra ri measadh àrainneachdail. Tha an obair gu lèir air na togalaichean a bh' ann ro 1930 ga dèanamh le cho beag de dh'eadar-theachd 's a ghabhas, agus a' cleachdadh stuthan a th' ann mar-thà, ma ghabhas. Chaidh measadh mean àrainneachdail a dhèanamh air goireas ùr MoD aig ìre an dealbaidh, agus bha sin a' buntainn ri ìre an togail agus ris na togalaichean nuair a bha iad deiseil.

Chaidh na togalaichean ùra a thogail airson iad a bhith thairis air na feumalachdan lùtha agus tearmach as lugha. Thèid cleachdadh uisge a lùghdachadh le ùrachadh nan siostaman a th' ann agus uidheaman ùra. Chaidh measadh a dhèanamh air gach obair eile, le beagan buannachd. Mar eisimpleir, chuir sinn tioramadairean làmhan a-steach an àite shearbhadairean cotain, chaidh casg air puicein phlastaig ann an 2014 agus tha sinn a' cleachdadh stuthan glanaidh a tha math dhan àrainneachd anns gach suidheachadh.

Buil 10: Co-obrachadh a' leantainn gus am plana riaghlaidh a chur an gnìomh

Bidh am prìomh luchd-ùidhe a' coinneachadh a h-uile sia mìosan gus bruidhinn air riaghladh obrachail agus gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' phlana riaghlaidh, le coinneamhan a bharrachd mu aon chuspair airson beachdachadh air cùisean ro-innleachdail far a bheil feum air. Tro na coinneamhan sin, b' urrainn dhan phrìomh luchd-ùidhe a bhith cinnteach gun deach bruidhinn air ùidhean a chèile; far an robh sin iomchaidh, chaidh co-obrachadh aontachadh gus amasan a libhrigeadh.

Chaidh planaichean obrach bliadhnail aontachadh. Agus bruidhinn air cùisean a dh'fheumadh aonta an uachdarain no reachdail, agus cuideachd atharraichidhean obrachaidh no poileasaidh a bheireadh buaidh air luchd-ùidhe, mar cùis riatanach Helicopter Underwater Emergency Escape Training. Chaidh am plana bith-thèarainteachd a leasachadh tro steach-chur bhon Urras, NS, MoD agus na riochdairean aca (QinetiQ) airson dèanamh cinnteach à tuigse agus gèilleadh bho na h-uile. Bha an aon mhodh-obrach againn a thaobh obraichean cumanta eile, mar ath-chuairteachadh agus cleachdadh dhrònaichean.

Buil 11: Luchd-obrach agus maoin eachdraidh gu leòr na àite airson coinneachadh ri feumalachdan obrachaidh agus an lèirsinn airson an àite

Chaidh teachd-a-steach Hiort suas 18% eadar 2012/13 agus 2016/17, a' ciallachadh gum bi an t-àite an t-àite nas tèarainte agus seasmhach san àm ri teachd. Tha HES a' toirt maoin do ghlèidhteachas an dualchais chultarail, agus tha Club Hiort a' toirt taic mhòr bho airgead air a thogail sa mhòr-chuid bho bhùth nan cuimhneachan. Bha teachd-a-steach bho bhàtaichean coimeirsealta agus luchd-rannsachaidh cuideachd cudromach, agus am màl bliadhnail bho MoD.

Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air luchd-obrach gus dòighean nas èifeachdaiche a chomharrachadh a thaobh libhrigeadh amasan a' phlana riaghlaidh. Lean cothroman obair shaor-thoileach air adhart (leis na buidhnean obrach) agus chaidh cothroman eile a leasachadh mar ghreisean-obrach ann an seirbheisean fad-ùine luchd-tadhail. Thug mòr-ghalar COVID-19 ann an 2020 buaidh mhòr air maoin an Urrais agus teachd-a-steach Hiort. B' e a' chiad bhuil a bh' aig an seo nach deach luchd-obrach seusain no saor-thoileach 2020, agus chaidh ath-sgrùdadh agus lùghdachadh a dhèanamh air luchd-obrach.

Buil 12: Plana teagmhaise na àite gun fhios nach toir MoD no na riochdaitean aca atharrachadh mòr air an obair aca ann a' Hiort

Chaidh measadh a dhèanamh air staid agus cudrom togalaichean MoD ann am Bàgh a' Bhaile. Ann an 2016 chaidh cead dealbhachaidh iarraidh airson na h-àitichean fuirich agus na togalaichean sheirbheisean a th' ann an-dràsta a leagail agus goireas ùr a thogail. Thòisich an obair air an leasachadh seo ann an 2017, agus bha dùil gun crìochnaich an obair san fhoghar 2021, le àite-fuirich agus ionad-lùtha ùr. Bu chòir gun lùghdaich an t-ionad-lùtha cleachdadh lùtha agus eimiseanan gu mòr le bhith ag obrachadh nas èifeachdaiche. Lùghdaichidh dealbhadh agus suidheachadh an àite-fuirich ùir a' bhuidh air an dreach-tìre, agus tillidh e gu ìre an sealladh eadar am Mansa agus am Baile. Chaidh ath-shuidheachadh na sgìre an dèidh na seann togalaichean a leagail a chrìochnachadh san Dàmhair 2021 agus thèid a mhonatoradh thar nan 5 bliadhna a tha romhainn.

Tha an tasgadh mòr seo ann an Rainnse Innse Gall a' nochdadh dealas a thaobh a' ghoireis ann a' Hiort. Tha an t-Urras agus prìomh luchd-ùidhe a' leantainn orra ag obair còmhla air buaidh obrachaidh nan atharrachaidhean sin.

Appendix 3

Cùl fhiosrachadh

1.0 Reachdas, poileasaidhean agus stiùireadh buntainneach

Tha dìon nan eilean, am muir mun cuairt orra agus na prìomh fheartan aca a' tighinn fo iomadh poileasaidh ionadail, planaichean agus reachdas na RA is na h-Alba 'S e am prìomh reachdas a tha na àite:

- The Ancient Monuments and Archaeological Areas Act 1979, atharraichte
- The Conservation (Natural Habitats, &c.) Regulations 1994, atharraichte
- The Wildlife and Countryside Act 1981
- The Land Reform (Scotland) Act 2003
- The Nature Conservation (Scotland) Act 2004
- The Gaelic Language (Scotland) Act 2005
- The Planning etc. (Scotland) Act 2006
- The Offshore Marine Conservation (Natural Habitats, &c.) Regulations 2007
- The Environmental Liability (Scotland) Regulations 2009
- The Marine (Scotland) Act 2010
- Historic Environment (Amendment) (Scotland) Act 2011
- The Wildlife and Natural Environment (Scotland) Act 2011
- The Scottish Marine Regions Order 2015
- The Land Reform (Scotland) Act 2016
- The Planning (Scotland) Act 2019
- The Animals and Wildlife (Penalties, Protections and Powers) (Scotland) Act 2020

2.0 Poileasaidhean agus stiùireadh buntainneach Urras Nàiseanta na h-Alba:

- National Trust for Scotland Conservation, Learning, Access & Enjoyment Principles, 2018
- National Trust for Scotland Building Conservation Guidelines, 1997
- National Trust for Scotland Advancing Access: A Policy for Audiences and Collections Policy, 2018
- National Trust for Scotland Developing Collections: A Policy to Reflect and Enrich Lives, 2018
- National Trust for Scotland Caring for Collections: A Policy to Protect Significance, 2018
- National Trust for Scotland for Info: A Policy to Build and Share Information about Collections, 2018
- National Trust for Scotland Landscape Policy, 2016
- National Trust for Scotland Renewable Energy Policy, 2016
- National Trust for Scotland Turning the Tide: A Policy for Protection and Use of the Marine and Coastal Environment, 2019
- National Trust for Scotland Biosecurity Guidelines, 2013
- National Trust for Scotland Climbing Policy, 2014
- National Trust for Scotland Small Unmanned Aircraft at Trust Properties Policy, 2020
- National Trust for Scotland Gaelic Policy, 2005
- National Trust for Scotland Environmental Policy, 2015
- National Trust for Scotland Community Engagement Policy, 2020
- National Trust for Scotland Risk Management Policy, 2019
- National Trust for Scotland Partnership Guidelines, 2015

3.0 Poileasaidhean roinneil agus stiùireadh buntainneach:

- Dualchas Do Dhaoine (Heritage for People), Place-based Heritage Strategy, Outer Hebrides, 2021–2031
- Outer Hebrides Local Development Plan, 2018–23

4.0 Poileasaidhean nàiseanta agus stiùireadh buntainneach:

- Tha Poileasaidh Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba (HEPS) a' cur an cèill a' phrìomh phoileasaidh air dìon agus riaghladh na h-àrainneachd eachdraidheil ann an Alba.
- 'S e Our Place in Time (2014) bho HES ro-innleachd àrainneachd eachdraidheil na h-Alba, a tha a' feuchainn ri coimhead às dèidh na h-àrainneachd eachdraidheil againn agus sin a rannsachadh, a chlàradh, an aire a thoirt oirre, a dìon, a co-roinn agus a comharrachadh.
- Tha Cultural Strategy for Scotland (2020) Riaghaltas na h-Alba a' cur an cèill mar a dh'fhaodas cultar beatha dhaoine a bhrosnachadh, a dhèanamh beairteach agus atharrachadh.
- Scotland's Archaeology Strategy (2015)
- Còd Slighean Dùthchail na h-Alba
- Bòrd na Gàidhlig, Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023
- Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba aig NàdarAlba

5.0 Poileasaidhean eadar-nàiseanta agus stiùireadh buntainneach:

- Còmh-dhail Dualchas na Cruinne UNESCO, 1972
 - Stiùireadh Obrachaidh UNESCO airson Còmh-dhail Dualchas na Cruinne, 2019 a chur an gnìomh
 - Amasan Leasachadh Seasmhach (UN) 2015
- Chaidh na h-amasan a leanas a chomharrachadh mar an fheadhainn as buntainniche, agus chaidh an cleachdadh ann an dealbhadh a' phlana riaghlaidh seo:



Amasan Leasachadh Seasmhach Dualchas na Cruinne:

Targaid 6 – Uisge Glan agus Slàintealachd; Targaid 7 – Lùth Glan agus Saor; Targaid 8 – Deagh Obair agus Fàs Eaconamach; Targaid 12 – Caitheamh Ciallach agus Obair-dèanaimh; Targaid 13 – Gnìomhachd na Gnàth-shìde; Targaid 14 – Beatha fon uisge; Targaid 15 – Beatha air Tìr; Targaid 17 – Caidreachasan airson nan Targaidean

- Cùmh-nant Bhurra: cùmh-nant ICOMOS Astràilia son Àitichean le Cudrom Cultarail, 2013

6.0 Dreuchd Urras Nàiseanta na h-Alba agus prìomh luchd-ùidhe

Urras Nàiseanta na h-Alba (an t-Urras)

Bhon a bhuineas eileanan Hiort dhan Urras, tha an t-uallach orra airson am plana riaghlaidh a chur an gnìomh agus tha an dleastanas sin air luchd-obrach an Urrais, an dà chuid ann a' Hiort agus ann an ionadan-taice. Leanaidh iad orra leis an seo, a' còmhraidh ri prìomh luchd-ùidhe, luchd-tadhail agus buill dhen choimhearsnachd fharsaing.

Àrainneachd Eachdraidheil Alba (HES, Alba Aosmhor roimhe)

Tha HES na bhuidheann ghnìomh de Riaghaltas na h-Alba agus tha e mar dhleastanas orra àrainneachd eachdraidheil na dùthcha a dhìon, agus brosnachadh a dhèanamh air tuigse agus tlachd às leth Ministearan na h-Alba. Tha e cuideachd an urra riutha comhairle agus stiùireadh a thoirt co-cheangailte ri Dualchas na Cruinne agus airson dhèanamh cinnteach gun lean iad Cunradh UNESCO air Dualchas na Cruinne. Bidh HES a' co-òrdanachadh co-chruinneachadh aithisgean no iarrtasan airson fiosrachadh a gheibhear bho Ionad Dualchas na Cruinne UNESCO. Leanaidh HES air adhart leis an dreuchd riaghlaidh agus chomhairleachaidh aca, a' dèanamh cinnteach gu bheil riaghladh àrainneachd eachdraidheil Hiort a' dol air adhart mar a chaidh aontachadh, agus gum bi e a' coileanadh iarrtasan reachdas nan Carraighean Àrsaidh, a thuilleadh air dleastanasan air an cur an cèill fo Chòmhdhail Dualchas na Cruinne. Feumar cuideachd co-chomhairleachadh reachdail a dhèanamh ri HES a tha nam ball san t-siostam dealbhachaidh, far am faodadh buaidh a bhith aig leasachadh air suidheachadh Charraighean Clàraichte.

NàdarAlba (NatureScot NS, Dualchas Nàdar na h-Alba roimhe)

Leanaidh NS ann an dreuchd riaghailteachais is comhairleachaidh, a' coileanadh an dleastanas aca sùil a chumail air riaghladh nan eilean a thaobh nan comharrachaidhean aca airson glèidhteachas an dualchais nàdarra, gu h-àraidh ùidhean NNR, SSSI agus Natura 2000. Tha NS a' toirt comhairle reachdail ann an siostam an dealbhachaidh far am faodadh leasachadh buaidh a thoirt air nàdar no dreachan-tìre Alba.

Comhairle nan Eilean Siar (CnES)

Tha na h-eileanan taobh a-staigh sgìre ùghdarras ionadail CNES, a' toirt dhaibh iomadh dleastanas a thaobh riaghladh agus dealbhachadh ann an solar cuid de sheirbheisean.

Ministrealachd an Dìon (MoD) agus na riochdairean aca

Tha sgìrean fearainn ann a' Hiort air mhàl aig MoD bhon Urras mar phàirt de ghoireas Rainnse Innse Gall. Tha na riochdairean aca, QinetiQ, ag obrachadh a' ghoireis às an leth. Chaidh an t-aonta-màil a th' ann an-dràsta (2003–28) aontachadh air bunait grunn phrionnsabalan riaghlaidh air am bi obair ann a' Hiort stèidhichte, agus tha cumha fhathast ann gum bi dleastanasan/aonta a th' air an còmhdach ann a' bualadh gu co-ionann air MoD agus na cunnradairean aca.

Tha ionad MoD ann a' Hiort a' cuideachadh gu mòr a thaobh loidsistigs glèidhteachas nan eilean. Tha na seirbheisean a tha MoD a' toirt dhan Urras air an aontachadh gach bliadhna ann an Aonta Ìre Sheirbheisean. Tha an cuideachadh a tha iad a' toirt dhan Urras a' gabhail a-steach giùlan stuthan, goireasan agus luchd-obrach; bun-stuctar, mar dealan, uisge agus uisge salach; agus tha iad air an eilean fad na bliadhna.

Club Hiort

Tha Club Hiort Club clàraichte mar charthannas a chaidh a stèidheachadh airson cuideachadh le eileanan Hiort a ghleidheadh is a dhìon, cho math ri mothachadh a thogail am measg a' phobaill mun bhòidhchead shònraichte aca, beathaichean is lusan, buill-àrsaidh, arc-eòlas agus na togalaichean, cultar agus nàdar. Bidh an club a' cur air dòigh cruinneachadh bliadhnail le òraidichean agus farpais dhealbhan aig an AGM aca, agus a' foillseachadh iris (The Hiort Mail) agus a' ruith bùth chuimhneachan ann a' Hiort (le luchd-obrach an Urrais agus luchd-obrach saor-thoileach ga ruith) Tha a' phrothaid on bhùth a' dol chun an Urrais gus grunn phròiseactan a mhaoineachadh.

Appendix 4

Stiùireadh Rannsachadh air Hiort

1.0 Mar a tha Urras Nàiseanta na h-Alba a' dèiligeadh ri rannsachadh co-cheangailte ri Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

Rannsachadh leinne	- Chaidh an rannsachadh seo a dhèanamh no a choimiseanadh gu dìreach leis an Urras. 'S ann air an rannsachadh seo a bhios ar n-obair bonntaichte agus bithear a' feuchainn ri coimhead ri prìomhachasan rannsachaidh a th' ann mar-thà no ri beàrnan san fhiosrachadh.
Rannsachadh cuide rinn	- Ged a tha sinn fhèin air prìomhachasan rannsachaidh a chomharrachadh do Làrach Dualchas na Cruinne Hiort, bidh sinn cuideachd a' co-obrachadh còmhla ri coimhearsnachdan rannsachaidh gus obair a dhèanamh a chuireas ri ar tuigse 's ar luach air Hiort, cho math ri cur ri raintean rannsachaidh nas fharsainghe. - Am measg seo tha co-obrachadh air PhDs agus co-phròiseactan rannsachaidh còmhla ri buidhnean eile.
Rannsachadh neo-eisimeileach co-cheangailte ri Hiort	- Tha ùidh mhòr rannsachaidh ann an Làrach Dualchas na Cruinne Hiort, agus faodaidh luchd-rannsachaidh seo a dhèanamh leotha fhèin airson an adhbharan fhèin. - Ged as e rannsachadh a tha seo dha nach eil sinn a' toirt taic no a' gabhail pàirt faodaidh gun gabh sinn pàirt (ma bhios sin iomchaidh) gus barrachd eòlais fhaighinn agus a sgaoileadh far a bheil an rannsachadh a' cur ri ar tuigse 's ar luach air Làrach Dualchas na Cruinne Hiort.

2.0 Stiùireadh Rannsachaidh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

Nuair a bhios an t-Urras a' beachdachadh air co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh rannsachadh co-cheangailte ri Làrach Dualchas na Cruinne Hiort a ghabhail os làimh, a choimiseanadh no co-obrachadh ris, cleachdar an stiùireadh rannsachaidh a leanas:

2.1 Rannsachadh iomchaidh

Tha an rannsachadh a' coileanadh amas sònraichte agus a' cur gu soilleir ri ar tuigse 's ar luach air Làrach Dualchas na Cruinne Hiort. Bu chòir molaidhean rannsachaidh san àm ri teachd a bhith mothachail air rannsachadh a th' ann mar-thà agus beàrn a lìonadh a thaobh fiosrachadh nach eil againn.

Cha bhi an rannsachadh a' milleadh an dualchais no ga chur ann an cunnart. Bidh feum air measadh a thaobh cheumnanan bith-thèarainteachd iomchaidh, monatoradh agus leasachadh, ach cha bhi iad air an cuingealachadh riutha sin.

Bu chòir gum biodh freagairt dheimhinneach aig molaidhean rannsachaidh dhan cheist 'Am feum an rannsachadh seo a bhith air a dhèanamh ann a' Hiort?' Tha seo airson dhèanamh cinnteach nach gabh an rannsachadh a dhèanamh ann an àrainneachd nach eil cho frionasach

2.2 Goireasan agus prìomhachasan

Cha bu chòir dhan rannsachadh cus de ghoireasan an Urrais a chosg. Bu chòir gun deidheadh goireas sam bith a dh'fheumas an rannsachadh a thoirt a-steach ann am maoineachadh an rannsachaidh, an dara cuid mar theachd-a-steach aontaichte no mar iomlaid sheirbheisean. Bu chòir buidheachas coltach a thoirt air taic a bheir an t-Urras, agus bu chòir aontachadh ris an Urras ro-làimh.

Faodar beachdachadh air an uiread ghoireasan a bhios a dhìth bhon Urras (me, ma bhios feum air àite-fuirich air an eilean), a chleachdadh airson prìomhachas a thoirt do rannsachadh dhan toir an t-Urras taic.

Far bheil prìomhachasan a' strì ri chèile, bheirear prìomhachas do rannsachaidh a rèir èiginneachd, (me, far a bheil fianais gum faodaist dualchas a chall).

2.3 Comasachadh agus inbhe rannsachaidh

Bu chòir gun toireadh luchd-rannsachaidh fianais air sgrùdadh agus aonta bho chomataidh cliùiteach bheusan.

Bu chòir gun deidheadh an rannsachadh a ghabhail os làimh, no a stiùireadh, le luchd-obrach le teisteanasan iomchaidh (me, rannsachadh arc-eòlachail le arc-eòlaichean theaisteanichte [clàraichte aig aig CIfA] no le roinnean rannsachaidh aithnichte ann an oilthighean).

2.4 A' faighinn cothrom air agus a' co-roinn rannsachadh

Bu chòir dhan rannsachadh taobhadh ri inbhe charthannais agus amas an Urrais: gus dìon a chur air dualchas na h-Alba, an aire a thoirt air, a cho-roinn agus bruidhinn air a shon. Bu chòir rannsachadh a cho-roinn ann an deagh àm agus a thaisbeanadh ann an dòigh a thuigeas luchd-amais san fharsaingeachd. Bu chòir modh conaltraidh an rannsachaidh aontachadh ris an Urras ro-làimh.

Bu chòir gun deidheadh rannsachadh a nì an t-Urras, no san co-obrach iad, a bhith ri fhaotainn, far an gabh sin dhèanamh, ann an ionad-stòraidh ruigsinneach, a bhios freagarrach do nàdar an rannsachaidh a chaidh a dhèanamh agus a bhios a rèir Prionnsabalan Coitcheann Poileasaidh Dàta an UKRI. Bu chòir an t-ionad-stòraidh sònraichte, agus an ùine sam faighear an rannsachadh, aontachadh ris an Urras ro-làimh.

3.0 Stiùireadh breithneachadh sònraichte do luchd-rannsachaidh


Cleachdar an stiùireadh gu h-àrd leis an Urras gus gach moladh rannsachaidh co-cheangailte ri Làrach Dualchas na Cruinne Hiort a stiùireadh agus a phrìomhachadh.

Tha inntreadh a Hiort an ìre mhath dìreach air bàta. Faodaidh e a bhith doirbh uaireannan faighinn a Hiort air sgàth droch shìde agus droch mhuir, gu h-àraidh sa gheamhradh (eadar an t-Sultain agus an Giblean). Feumar uidheamachd gu lèir a thoirt a Hiort air bàta agus faodaidh nach bi an t-eadar-lìon a bhith thuige is uaithe. Bu chòir do luchd-rannsachaidh smaoineachadh air na gnothaichean sin buair a bhios iad a' dèanamh nam molaidhean aca.

'S e àrainneachd air leth frionasach agus comharraichte a th' ann a' Hiort. Mar a chaidh ainmeachadh san stiùireadh rannsachaidh gu h-àrd, chan fhaod rannsachadh an dualchas a mhilleadh no a chur ann an cunnart. Ann a bhith a' cur mholaidhean air dòigh, bu chòir do luchd-rannsachaidh smaoineachadh am bi an rannsachadh aca a rèir planaichean bith-thèarainteachd is truailidh an Urrais (ri fhaotainn le iarraidh), agus cuideachd riaghailtean aonta reachdail agus reachdas buntainneach eile.


4.0 Prìomhachasan Rannsachaidh Urras Nàiseanta na h-Alba

Tha an t-Urras an-dràsta a' cur dòigh ma prìomhachasan rannsachaidh fhèin co-cheangailte ri dualchas nàdarra is chultarail Làrach Dualchas na Cruinne Hiort, ann an cruth ro-innleachd rannsachaidh.



This plan is based on an Ordnance Survey digital map reproduced with the permission of HM Stationery Office. © Crown Copyright. NTS License No. 100023880

Làrach Dualchas na Cruinne Hiort, Crìoch Sealbh Urras Nàiseanta na h-Alba




-  Crìoch Sealbh NTS
-  Crìoch Sealbh Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

©Crown copyright and database rights (2020) OS 100023880 ©National Trust for Scotland ©Scottish National Heritage


Làrach Sùim Shònraichte Shaidheansail (SSSI)

-  Crìoch SSSI
-  Crìoch Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

This plan is based on an Ordnance Survey digital map reproduced with the permission of HM Stationery Office. ©Crown copyright



Carraighean Clàraichte Hiort



This plan is based on an Ordnance Survey digital map reproduced with the permission of HM Stationery Office. ©Crown Copyright. NTS license No. 100023880

APPENDICES

Appendix 5 - Maps

Sgìre Shònraichte Glèidhteachais Hiort (SAC)

 Crìoch SAC

 Crìoch Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

This plan is based on an Ordnance Survey digital map reproduced with the permission of HM Stationery Office. ©Crown Copyright. NTS license No. 100023880

Sgìre Dìon Shònraichte Hiort (SPA)

 Crìoch SPA

 Crìoch Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

 Crìoch Sealbh NTS

©Crown copyright and databaserights (2020)
OS 100023880 © National Trust for Scotland
© Scottish National Heritage

Sgìre Bòidhchead Shònraichte (NSA)

 Crìoch NSA

This plan is based on an Ordnance Survey digital map reproduced with the permission of HM Stationery Office. ©Crown Copyright. NTS license No. 100023880

Tèarmann Nàdair Nàiseanta Hiort (NNR)

 Crìoch NNR

 Crìoch Làrach Dualchas na Cruinne Hiort

This plan is based on an Ordnance Survey digital map reproduced with the permission of HM Stationery Office. ©Crown Copyright. NTS license No. 100023880

